

MISE


ÀS1:1



AONAD ÀS1:1

Anns an aonad seo, bidh thu:

- a' leasachadh nan sgilean èisteachd agus nan sgilean leughaidh agad tro theacsainchean ficseanach agus fiosrachail
- a' sgrùdadadh agus a' measadh bàrdachd agus rosg
- a' cruthachadh nam pìosan sgrìobhaidh a leanas:
 - **fiosrachadh pearsanta**
 - **litir fhoirmeil**
 - **lèirmheas air leabhar**
- a' leasachadh nan sgilean labhairt agad le òraid mu do bheatha san sgoil agus còmhradh sa chlas
- a' leasachadh d' eòlas air gràmar agus sgilean càinain le bhith:
 - ag aithneachadh mar a tha seantans ga chur ri chèile sa Ghàidhlig
 - a' tuigsinn a' bhriathrachais co-cheangailte ri gràmar na Gàidhlig
 - ag aithneachadh gnè an fhacail
 - ag aithneachadh mar a tha ro-riochdairean ag obair sa Ghàidhlig – gu h-àraighe *aig, le, air, ri, do* agus *ann*.



Halò! Ciamar a tha thu? 'S math coinneachadh riut! 'S mise Goiridh agus bidh mi ag obair còmhla riut tro na goireasan air a' chiad chun an treas bliadhna san àrd-sgoil. Coinnichidh tu ri mo charaidean cuideachd.

Bidh an t-aonad seo gad thoirt tron a' chiad ghreis san àrd-sgoil. Tha an àrd-sgoil làn chothroman. Tha diofar mòr eadar a' bhunsodoil agus an àrd-sgoil agus bidh atharraichean mòra a' tighinn ortsa cuideachd fhad 's a tha thu innte.

Bidh thu ag ionnsachadh mòran mu do dheidhinn fhèin agus mu do charaidean anns na bliadhnaichean ri teachd. Bidh an cothrom agad coimhead air na cuspairean eadar-dhealaichte a bhios tu a' dèanamh anns an àrd-sgoil. Bidh sinn a' coimhead cuideachd air mar a bha an sgoil anns na seann làithean do sgoilearan Gàidhlig dhe do leithid fhèin.

Gheibh thu a-mach mu shuidheachadh foghlam na Gàidhlig ann an Alba, agus mar a tha thusa nad phàirt cudromach den sin.

A thuilleadh air na tha sin, bidh sinn cuideachd ag obair còmhla air stuthan co-cheangailte ris na cur-seachadan, na filmichean is na leabhraichean a tha a' cordadh riut.

Tha e uabhasach cudromach gum bi thu a' gabhail tlachd às an sgoil. Ma tha thu deiseil agus deònach, 's urrainn dhut mòran a dhèanamh fhad 's a tha thu innte! Gur math a thèid leat!

Le meas,

Goiridh

CLÀR-INNSE

1. Cò thu?	4		
2. Cànan: Ainmeanan, Buadhairean, Gníomhairean is Eile	5		
3. Còmhradh mu do theaghlaich/ Cànan: Àireamhan Pearsanta	9		
4. Cànan: Ro-riochdairean 1 - riochdairean agus roimhearan	11		
5. Marta	16		
6. Dàn Acrostaig	17		
7. Cànan: Is agus Bha	18		
8. Cànan: Beairteas Càinain - Abair Amadan!	23		
9. Mi Fhìn is mo theaghlaich	24		
10. Roimhearan Sealbhach	25		
11. Thu fhèin san Àrd-sgoil	27		
12. Gàidhlig san Àrd-sgoil	28		
13. Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	29		
14. Na cuspairean agam	32		
15. A bheil ùidh agad ann am Beurla?	33		
16. Na cuspairean as fheàrr leam	34		
17. Taisbeanadh	36		
18. Cànan: Gnè	37		
19. Cànan: Gnè agus Buadhairean	41		
20. A' dol air adhart...	44		
21. Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd	48		
22. Litir larrtais	50		
23. An sgoil agamsa agus an sgoil agadsa	51		
24. Ro òg a' fàgail na dachaigh	54		
25. Ostail Phort Rìgh	56		
26. Cànan: Ro-riochdairean 2 – ri/do/ann	57		
27. Brù-dhearg	59		
28. Tidsear math is tidsear dona	62		
29. Burraidheachd	63		
30. An t-ionnsachadh òg, an t-ionnsachadh bòidheach	64		
31. Ionnsachadh fad-beatha	65		
Measadh a h-aon: An Sgoil Agam	66		
Measadh a dhà: Na leabhraichean as fheàrr leam	67		
Measadh a trì: Tove Jansson	68		
Measadh a ceithir: Ailean Caimbeul Macilleathain, <i>The Hill of the Red Fox</i>	71		

1 CÒ THU?

An cur-seachad
as fheàrr leam



Na saor-làithean
a b' fheàrr agam



m' ainm

An obair a tha mi ag
iarraidh nuair
dh'fhàgas mi an sgoil



Dè tha mi an dòchas
airson a' chìad bhliadhna
san àrd-sgoil?



Obair 1

Faigh pìos pàipear A4.

Sgrìobh d' ainm ann am meadhan a' phàipeir.

Anns na ceithir oiseanan, bidh thu a' cur fiosrachadh sònraichte mu do dheidhinn fhèin.

Gheibh thu suas ri **còig mionaidean** airson seo a dhèanamh.
Cleachd dealbhan agus faclan ma thogras tu.

Bidh gach neach sa bhuidheann a' faighinn **dà mhionaid an urra** airson bruidhinn ri càch mu na rudan a thagh iad. Feumaidh tu na h-adhbharan agad innse airson gach rud a thagh thu. Ma tha thu deiseil a bhruidhinn taobh a-staigh dà mhionaid, **feumaidh** càch ceistean a chur ort.

Feumaidh tu èisteachd ris a h-uile duine.

Bidh an tidsear a' faighneachd ceist do gach neach mu dheidhinn aon rud a dh'inns cuideigin eile dhaibh.
Thèid na postairean seo a chur air a' bhalla.

2 CÀNAN

AINMEARAN, BUADHAIREAN, GNÌOMHAIREAN IS EILE

Pàirt A

Bu chòir fios a bhith agad air dè th' ann an ainmear, buadhair agus gnìomhair.

- **ainmear** facal a bhios ag ainmeachadh rudeigin no cuideigin; mar eisimpleir **càr, taigh, tidsear, Calum**
- **buadhair** facal a bhios a' toirt buaidh/iomradh air ainmear; mar eisimpleir **gorm, mòr, beag**
- **gnìomhair** facal a bhios ag innse dè tha a' dol air adhart; mar eisimpleir **faigh, a' faighinn**

*Nì an tidsear cinnteach gu bheil fios agad air briathrachas bunaiteach airson gràmar na Gàidhlig a mhìneachadh.

Obair 1



Leugh an **earrann** a leanas agus sgrìobh a h-uile ainmear, buadhair agus gnìomhair ann an clàr nad leabhar.

Cheannaich Dòmhnull an càr ann an Dùn Èideann aig garaids mhòr faisg air Murrayfield. 'S e càr gorm a bh' ann agus bha e glè thoilichte leis oir b' urrainn dha dràibheadh luath a-nis. 'S e seo a rinn Dòmhnull air an rathad dhachaigh, ach stad na poilis e agus fhuair e tiogaid agus càin mìle not airson a dhol ro luath. Amadan gòrach!



ainmear

càr

buadhair

gorm

gnìomhair

rinn

AINMEARAN, BUADHAIREAN, GNÌOMHAIREAN IS EILE

Pàirt B



Dèan cinnteach gu bheil fios agad air briathrachas nas adhartaiche airson gràmar na Gàidhlig a mhìneachadh. Leugh am mìneachadh a leanas:

Naisgearan

- **naisgear** facal a nì ceangal no nasg eadar faclan is abairtean; mar eisimpleir **agus**

Dè bu toigh leat air do dhìnnear? Piotsa no pasta?
Bu toigh leam piotsa **agus sliseagan **ach** chan eil mi ag iarraidh anann air!"**

Riochdairean

- **riochdair** facal beag a bhios a' gabhail àite ainmear nuair nach eil thu airson ainm rudeigin/cuideigin ainmeachadh; mar eisimpleir mi, thu, e, mise, thusa, ise

Ciamar a tha Dòmhnull? Tha e gu math.
Am faca **tu Màiri? Chan fhaca **mi** i idir.**
Cò rinn seo? 'S **mise a rinn e."**

Obair 1

Atharrach na seantansen seo gus am bi iad a' cleachdadadh **riochdairean** a-mhàin agus sgrìobh nad leabhar iad. Ma tha beàrn ann, lìon e leis an fhacal as freagarraiche.

1. Ciamar a tha thu? Tha ___ gu dòigheil.
2. Chuala **Calum Màiri** a' seinn.
3. Am faca **tu** fhèin agus **Dòmhnull** an taigh ùr fhathast? Chunnaic _____ an t-seachdain sa chaidh.
4. Càit an do thogadh **Murchadh** agus **Sileas**?
5. Thèid mi dhan bhaile a-màireach. Gheibh mi **an t-seacaid** an uair sin.
6. Chaill **Lionsaidh an t-airgead** anns a' phàirc nuair a bha **Lionsaidh** a' ruith.

Pàirt C

ROIMHEARAN AGUS AN T-ALT

- roimhear facial beag a thig **ro** fhaclan airson innse far a bheil rudan; mar eisimpleir **aig**, **air**, **fo**
- alt 's e seo am facial a thèid air beulaibh facial airson an nì sin a shònachadh; mar eisimpleir, abhainn, ach **an** abhainn, bòrd ach **am** bòrd, cathair ach **a'** cathair, leabhraichean ach **na** leabhraichean.

'S e seo na h-altan uile a th' anns a' Ghàidhlig:
an, am, an t-, a', na, na h-. Tha iad uile
co-ionann ri **The** anns a' Bheurla.

Eisimpleirean de roimhearan:

Càit a bheil
an cat?



Tha an cat **fon** bhòrd.

Dè an uair
a tha e?



Tha e **mu** cheithir uairean.

Càit a bheil
an cù?



Tha an cù **air**
a' bhrat-ùrlair.

Càit a bheil
am bodach?



Tha e **anns**
a' ghàrradh.

Càit a bheil
Calum
air saor-
làithean?



Tha e **air** saor-làithean
ann an Èirinn.

Càit a bheil
Màiri
a' coiseachd?



Tha i a' coiseachd
tron a' choille.

Na prìomh roimhearan anns a' Ghàidhlig agus mar a bhios iad ag obrachadh leis an alt

Gun alt	aig	air	ann	le	bho*	de/dhe*	do/a*	fo*	à	mu*	gu	tro	ri
Leis an alt	aig an*	air an*	anns an*	leis an*	bhon*	den/ dhen*	don/ dhan*	fon*	às an*	mun*	chun*	tron*	ris an*

*Bidh an t-alt a' falbh glè thric às an dèidh seo.

*Sèimheachadh far an gabh seo dèanamh.



Obair 1

Atharraich na seantansan seo nad leabhar gus am bi iad a' cleachdadh roimhearan anns an dòigh cheart.

Cuimhnich air na puingean a leanas:



- A bheil alt ann mu thràth?
- Am bi an roimhean a' sèimheachadh?
- Am bi an t-alt a' falbh?

1. Bha Caomhain a' dol (a; Glaschu) _____.
2. An gabh thu teatha (le; bainne) _____?
3. Dh'fhàs mi sgìth (de; obair) _____ gu math luath.
4. Cha d' fhuair sinn cairt-nollaig (bho: Màiri) _____ am-bliadhna.
5. Fàgaidh sinn airson Inbhir Nis (mu; còig uairean) _____.
6. Och! Tha mi garbh sgìth (de; am fuaim sin) _____.
7. Sheas Catriona (aig; an doras) _____.
8. Thàinig am post (le; am parsail) _____.
9. 'S ann (à; an Gearasdan) _____ a tha Eòghann.
10. Fhuair mi geansaидh ùr (tro; am post).
_____ an-dè.



3 CÒMHRADH MU DO THEAGHLACH



Obair 1

Dèan còmhradh còmhla ri caraid mun teaghach agad.

Seo cànan a dh'fhaodadh a bhith feumail dhut.

Cleachd an duilleag
fiosrachaидh
Àireamhan Pearsanta
air an ath dhuilleig airson
do cuideachadh.



Cia mheud a tha nad theaghach?

Tha ... nam theaghach.

Cò iad?

Tha ... bhràithrean /pheathraichean agam.

Tha mo sheanair ann cuideachd.

Dè an aois a tha ...?

Tha m' athair ... bliadhna a dh'aois.

Dè an t-ainm a th' air do phiuthar?

'S e ... an t-ainm a th' oirre.

'S e ... an t-ainm a th' air.

Dè an obair a tha aig d' athair?

'S e a tha nam mhàthair.



Feumaidh tu èisteachd ri do charaid agus ceistean
a chur orra mun teaghach.
Bi laghach riutha agus
thoir taing dhaibh airson
am fiosrachadh a thoirt
seachad!



ÀIREAMHAN PEARSANTA

Cia mheud a tha nad theaghach?

Nuir a bhios tu a' bruidhinn air àireamh dhaoine, cha bhi thu a' cleachdadadh nan àireamahan àrdail, (mar eisimpleir **dhà, trì, ceithir, còig**). Cleachdar na h-àireamhan pearsanta airson daoine a chunntadh.

- | | | | |
|---|------------------------------------|----|--------------------------------------|
| 2 | dithis – dithis bhràithrean | 7 | seachdnar – seachdnar pheathraighean |
| 3 | triùir – triùir pheathraighean | 8 | ochdnar – ochdnar bhràithrean |
| 4 | ceathrar – ceathrar bhràithrean | 9 | naoinear – naoinear pheathraighean |
| 5 | còignear – còignear pheathraighean | 10 | deichnear – deichnear bhràithrean |
| 6 | sianar – sianar bhràithrean | | |

Mar eisimpleir:

Tha dithis pheathraighean agus triùir bhràithrean agam.

Faodaidh na h-àireamhan seo seasamh leotha fhèin.

Tha còignear nam theaghach.

Chan eil ach dithis nam theaghach.

Cha robh ach an triùir againn aig a' phartaidh.



4 CÀNAN:

RO-RIOCHDAIREAN 1 - RIOCHDAIREAN AGUS ROIMHEARAN



Obair 1

Smaoinich air an obair a rinn thu na bu tràithe san aonad seo agus lorg na **naisgearan**, **riochdairean** agus **roimhearan** anns an earrann seo. Cопаig an clàr gu h-iosal nad leabhar agus lòn e le do fhreagairtean bhon earrann.

“Càit an d’ fhuair thu sin?” ars esan, a’ sealltainn ris a’ bhotal a bha nam làimh. “Fhuair mi e ann am Bùth Sheonaidh Ailig,” arsa mise. “Breugadair,” thuirt e, le fearg na ghuth. “Ghoid thu e bhon taigh aig mo Sheanmhair.”

“Cha do ghoid. Chosg mi an t-airgead agam fhèin air agus ’s mi tha airidh air,” fhreagair mi, a’ coimhead ri Donaidh mar gun robh e às a chiall. Bha mi air a bhith aig taigh a sheanmhar ceart gu leòr, ach cha robh mi ann ach airson mionaid a’ cur fàirdeal a-steach airson obair gàrraidh a rinn sinn an t-seachdain sa chaidh.

“Mèirleach grod a th’ annad, a’ goid o sheann bhoireannach! Thoir dhomh air ais e no bheir mi droinneadh dhut.”

Bha mi a’ smaoineachadh airson mionaid gun robh Donaidh a’ tarraing asam ach cha robh. Thàinig e na b’ fhaisge orm.



naisgearan

agus

riochdairean

thu

roimhearan

ris



Dè th’ ann an ro-riochdairean?

Coimhead a-rithist air an earrann a leugh thu gu h-àrd. An do mhotaich thu dha na faclan seo?

air

agam

annad

orm

nam

dhomh

asam

‘S e
ro-riochdairean
a th’ annta.



An e riochdairean
no roimhearan
a th’ annta?



Tha **ro-riochdairean** glè chumanta sa Ghàidhlig. **'S ann nuair a bhios roimhear agus riochdair a' dol còmhla a bhios iad a' nochdadh.**



Chan fhaod roimhear agus riochdair a bhith fa leth.
Cha toigh le Gàidhlig riochdairean a bhith air feadh an àite.
Chì thu anns na h-eimsipleirean a leanas far a bheil cuid de na roimhearan ag atharrachadh cuideachd.

- An toigh **leat** iomain? Is toigh **team** iomain.
- A bheil Fraingis a' còrdadh **ribh**? Chan eil e a' còrdadh **rium**.
- A bheil Gàidhlig aig Sileas? Tha beagan **aice** ach chan eil i fileanta.
- An urrainn do Chalum snàmh? Chan urrainn **dha** snàmh.
- An e buidsearan a th' ann an Eardsaigh agus ann an Aonghas? Chan e buidsearan a th' **annta**, 's e ceannachean-èisg a th' **annta**.



Is e **ro-riochdairean** an t-ainm airson nam faclan a bhios sinn a' cleachdadadh **nuair nach bi sinn airson rudeigin no cuideigin ainmeachadh**.

Is e pàirt air leth cudromach a tha seo ann an cànanan Ceilteach mar a' Ghàidhlig agus a' Chuimris. Gu dearbh, tha cuid de dh'eòlaichean càinair ag ràdh ma sguireas daoine gan cleachdadadh, gu bheil sin a' ciallachadh gu bheil an cànan Ceilteach sin a' dol a bhàsachadh!

Tha 7 riochdairean sa Ghàidhlig (mar eisimpleir air, aig, le, ann, fo) agus bidh iad a' dol còmhla ri riochdair pearsanta (mi, thu, e, i, sinn, sibh, iad) agus a' cruthachadh ro-riochdair.



Bu chòir dhut an ionnsachadh mar a rinn thu clàr nan uireadan sa bhun-sgoil!

Coimhead air na h-eisimpleirean seo.

Tha
Gàidhlig
agam

's e
boireannach
ceart a
th' inntè

An toigh
leat
Fraingis?

Cha bu chòir
dhut sin a
dhèanamh



Tron aonad seo, bidh thu a' dèiligeadh ri cuid de na ro-riochdairean ann an diofar shuidheachaidhean. Nì sinn an fheadhainn seo an toiseach: *air*, *aig* agus *le*.



Obair 1 An Clàr

	air	aig	le
mi	orm	agam	leam
thu	ort	agad	leat
e	air	aige	leis
i	oirre	aice	leatha
sinn	oirnn	againn	leinn
sibh	oirbh	agaibh	leibh
iad	orra	aca	leotha

Eisimpleirean:



le:
An toigh **le** Màrtainn
cofaidh? Cha toigh **leis**
cofaidh.

aig:
Chuala mi an t-òran
sin **aig** mo sheanmhair.
Tha mòran òrain
eile **aice**.

air:
Tha Calum a' magadh
air na nigheanan.
Bidh e daonnan
a' magadh **orra**.



Obair 2

Sgrìobh na h-abairtean a leanas nad leabhar agus lìon na beàrnan leis an ro-riochdair ceart.

1. A bheil Gàidhlig (aig: thu) _____? Tha beagan Gàidhlig (aig; mi)_____.
2. Am bu toigh (le; sibh) _____ dinnear a ghabhail an seo? Feumaidh gu bheil an t-acras (air; sibh) _____?
3. 'S ann (aig; sinn) _____ a tha an cothrom rud mòr a dhèanamh.
4. Dè an t-ainm a tha (air; i) _____ a-rithist? Cha toigh (le; e) _____ idir idir i.
5. Bidh an tidsear a' cur ceist (air; sinn) _____ a-màireach agus chan eil sòn a dh'fhiös (aig; mi) _____ air na freagairtean fhathast. Cha toigh (le; mi) _____ Saidheans!
6. A bheil obair-dachaigh (aig; sinn) _____ ri dhèanamh? Tha, tha i (aig; sibh) _____ airson Dihaoine.
7. Thug Calum (air; mi) _____ an càr a thoirt dha airson an turais a Ghlaschu.
8. Dh'fheumadh iad falbh. Cha robh tìde (aig; iad).
9. A rìbhinn òg, 'eil cuimhne (aig; thu) _____ an oidhche mus do sheòl sinn?
10. An tèid thu (le; mi) _____, a Mhàiri, 's am falbh thu (le; mi) _____ thar sàile?





Obair 3

Atharraich na seantansan gus am bi iad a' cleachdad ro-riochdairean a-mhàin.

1. Tha croit mhòr **aig Dòmhnull Bàn**.
2. Dè an t-ainm a tha **air a' bhanrigh?**
3. Dh'fhàg mi an t-airgead **aig a' Bhean Rothach**.
4. Cha toigh **le mo phàrantan** mo charaid idir. Obh Obh!
5. Bha fèileadh **air Murchadh** a' dol chun na bainnse.
6. Chaill sinn na tiogaidean **aig Dòmhnull agus mise**.
7. Sguir a dh'obair **air do phiuthar**, lain!
8. “Cò bha siud ag èigheach **air Dòmhnull** agus **Peigi**? ” “Ò, b' e siud an t-seanmhair **aig Dòmhnull agus Pèigi**. Cha toigh **leis an t-seanmhair** iad a bhith a' cluich ri taobh an rathaid.”
9. Thogadh a' chlann **le Murchadh**, an athair, nuair a dh'halbh am màthair.
10. Bha an cleachdad **aig na seann-daoine** a bhith a' cur (air; iad) _____ aodach spaideil airson a dhol dhan eaglais.



Obair 4 Sgrìobhadh mu do theaghach

Sgrìobh earrann ghoirid mu do dheidhinn fhèin agus do charaid – **mu 200 facal** – a' cleachdad an fhiosrachaидh a fhuair thu bon chòmhradh agad air td 9.

Mura bheil thu cofhurtail, faodaidh tu bruidhinn air teaghach air a bheil thu eòlach on telebhisean.

Bidh thu a' tilleadh chun na h-obrach seo ann an seachdain no dhà.



5 MARTA



Èist ri fiosrachadh Marta agus cuir crìoch air na seantansan.

1. Tha _____ ann an teaghlaich Marta.
2. 'S ann à _____ a tha a màthair.
3. 'S e _____ a tha na h-athair.
4. Tha bràthair _____ aice.
5. Rugadh Marta _____.
6. Tha Marta nas _____ na Marcin.
7. Tha Marcin nas _____ na Marta.
8. Tha Marcin _____ bliadhna _____ a dh'aois.
9. Bidh iad a' dol a Leòdhas a h-uile _____.
10. Bidh Marta a' fuireach _____ an sgoil.
11. As t-samhradh, tha a' Phòlainn _____.
12. Tha _____ aig Marta ann an Leòdhas.



6 DÀN ACROSTAIG

Tha fios gun do sgrìobh thu bàrdachd anns a' bhun-sgoil. An do dh'fheuch thu riagh dàin acrostaig a dhèanamh? 'S e dòigh gu math inntinneach a th' ann air bàrdachd a dhèanamh a chionn 's gum bi **gach loidhne a' tòiseachadh le litir a tha ann an cuspair an dàin.**



Tha thu fhèin a-nis a' dol a chruthachadh dàin acrostaig a' cleachdad d' ainm fhèin. Seo eisimpleir:

Duine beag dòigheil.
Òg agus èasgaidh.
Math air a' phìob.
tHa e measail air ball-coise.
Nuair a bhios e nas sine, bidh e
A' fuireach ann an Alba.
Làn spòrs ach
Leisg uaireannan.




Feuch an dara ainm agad ma tha thu deiseil tràth!
Tha an dòigh-sgrìobhaidh seo glè èifeachdach
airson bàrdachd a dhèanamh ann an cànan sam bith.



CÀNAN

Is agus Tha

Seall air na h-eisimpleirean seo de sheantansan a' cleachdadadh **Is no Tha, Bi:**



Obair 1

Atharraich na seachd seantansan seo gus am bi iad a' cleachdadadh **Is** seach **Bi**. Tha 1, 4, 7 agus 10 dèante dhut.

1. **Tha an cat dubh. 'S e cat dubh a th' ann.**
2. Tha an latha fuar.
3. Tha an t-àite trang.
4. **Chan eil an sgoil math. Chan e sgoil mhath a th' innte.**
5. Tha an taigh mòr.
6. Tha an duine sgìth.
7. **Tha an uinneag mòr. 'S e uinneag mhòr a th' innte.**
8. Chan eil am boireannach glic.
9. **Bha an damh fiadhaich. 'S e damh fiadhaich a bh' ann.**
10. Bha an geamhradh blàth.



Cuin a bhios sinn a' cleachdadadh Is/'S?

Bidh sinn a' cleachdadadh **Is/'S** glè thric nuair a bhios sinn a' bruidhinn air obraichean dhaoine.

Obair 2

Cleachd am fiosrachadh a tha seo airson seantans a' tòiseachadh le **'S** no **Is** a chruthachadh. Chaithd a' chiad sheantans a dhèanamh dhut.

1. **tidsear, A' Bhean-uasal Chaimbeul**
Is e tidsear a th' anns a' Bhean-uasal Chaimbeul.
2. dotair, Siusaidh
3. Marcas, innleadair
4. pìobaire, Crìsdean
5. Màiri, nighean laghach
6. seinneadair, Eilidh
7. amadan*, Peadar
8. Pòl, duine grod
9. òinseach*, Catriona
10. Ciorstaidh, sgoilear math

Mineachadh

Cuin a bu chòir dhut **Tha** no **'S e** a chleachdadadh ann an seantans san tràth làithaireach?

Tha an dà structar sin stèidhichte air an dà ghnìomhair **Bi** agus **Is**. Carson a tha seo?

Bidh iad a' dèanamh diofar rudan, ach uaireannan bidh sgoilearan gan cleachdadadh san dòigh cheàrr.

Obair 3

Tagh an seantans **ceàrr**.

- *Tha e dotair.*
- *'S e nurs a th' innte.*
- *Tha mi glè fhuar.*

(Freagairt - Tha e dotair)



Chan fhaod thu **Tha mi sgoilear** no càil mar sin a ràdh.


Gu math tric, thèid **Is** a ghiorrhachadh gu **'S**. Tha a' chromag àrd a' sealltainn gu bheil litir **I** a dhìth.

Cleachdaidh sinn **Bi** ann an iomadh seagh gun smaoineachadh a h-uile latha sa Ghàidhlig. Chithear **Bi** ann an diofar chruthan agus thràthan. Gheibh sinn a h-uile tràth o **Bi - Tha, Bha, Bidh** agus **Bhiodh/Bhitheadh**, 's a h-uile rud eile a tha co-cheangailte ris na rudan seo.


Cleachdaidh sinn **Bi** le buadhairean, roimhearan agus co-ghníomhairean. Mar eisimpleir:

- **Tha mi fuar**
- **Bha** an latha fliuch
- **Bidh** an litir air a' bhòrd
- **Chan eil** e gu math
- **Bhiodh** e

Cuideachd, cleachdaidh sinn **Tha**, gu h-àraidh le gníomhairean eile, leithid **a' dol** nuair a bhios sinn a' bruidhinn air rud a tha sinn **air a** dhèanamh.



- **Tha** iad **air** an taigh a cheannach.
- **Tha mi a' dol** dhan bhùth.



Carson a tha **Is** ann ma-thà?

Uill, ged a tha **Bi** gu math feumail agus goireasach, chan eil e comasach air dà ainmear a cheangal no airson innse cò no dè a rinn rudeigin.

Is e dotair a th' ann an lain
'S e Iseabail a dh'fhàg an doras fosgalte
'S e Mairead am manaidsear
Is iad a bhios ann
Chan e tidsear math a tha ann am Maighstir MacLeòid
An tua an t-athair?

Mur eil sin soilleir, feuch gun smaoinich thu air **Is** mar an samhla co-ionannachd = ann am Matamataig.

Is e balach math a th' ann an lain
Is e Gàidhlig an cuspair as fheàrr leam
'S i mo leannan

lain = Balach math
Gàidhlig = an cuspair as fheàrr leam
i = mo leannan

Faodaidh tu buadhairean a chleachdadh cuideachd, ach an uair sin tha am buadhair ceangailte gu daingeann ris an ainmear. Tha ceangal nas làidire aig na faclan an uair sin.

Mar eisimpleir: Tha an cù ruadh. – Tha [an cù] [ruadh]
ach
'S e [cù ruadh] a th' ann.



Anns a' chiad sheantans, chan eil am buadhair ceangailte ris an ainmear, ach san dara fear tha e gu daingeann na phàirt den fhacal.

'S e le ro-riochdairean

Gu math tric, nuair bhios sinn a' bruidhinn air obraichean dhaoine, 's e na ro-riochdairean airson 'ann' a chleachdas sinn.

- 'S e sgoilear a th' **annam**.
- An e ollamh a th' **annad**?
- Chan e tidsear a th' **ann**; 's e dorsair a th' **ann**.
- Is e còcaire a th' **innte**.
- 'S e oilleanaich a th' **annainn**.
- An e luchd-ionnsachaидh a th' **annaibh**?
- 'S e luchd-tòiseachaidh a th' **annta**.

riochdairean

mi	sinn
thu	sibh
e	iad
i	

ro-riochdairean

annam	annainn
annad	annaibh
ann	annta
innte	

Obair 4

Cleachd na h-aon eisimpleirean o Eacarsaich 2 ach gun ainm an neach innse. Cleachd an clàr gu h-àrd airson do chuideachadh.



1. tidsear, A' Bhean-uasal Chaimbeul – **Is e tidsear a th' innte**
2. dotair, Siùsaidh
3. Marcas, innleadair
4. pìobaire, Crìsdean
5. Màiri, nighean laghach
6. seinneadair, Eilidh
7. amadan*, Peadar
8. Pòl, duine grod
9. òinseach*, Catriona
10. Ciorstaidh, sgoilear math

Agus le barrachd air aon neach:

11. **Pàdraig agus Calum, cluicheadairean ball-coise**
12. **Thusa agus mise, Gàidheil**
13. **Sibhse (aon neach), ministear**
14. **Sibhse (barrachd air aon neach), snàmhadair**
15. **Màiri agus Iain, sgrìobhadairean**



8 BEÀIRTEAS CÀNAIN ABAIR AMADAN!


*An do mhothaich thu dha na diofar fhaclan airson **gloic**! Is e **amadan** a chleachdas tu airson balach agus **òinseach** airson nighean. Tha mòran fhaclan ann an Gàidhlig airson diofar sheòrsachan dhaoine. Tha cuid dhiubh caran mì-mhodhai! Gu math tric, tha ciall eile aig an fhacal. Cleachd faclair mòr airson cuid de na faclan seo a lorg. Sgrìobh a' chiall aca anns a' Ghàidhlig agus ciall eile a tha aig an fhacal. 'S dòcha gum bi thu airson dealbh a chleachdadadh airson ciall an fhacail a shealltainn.



Obair 1

Dèanaibh seo mar bhuidheann de cheathrar.
Roinnibh na faclan eadaraibh.

1. tunnag
2. peucag
3. iubhrach
4. gleadhach
5. trustar
6. fleasgach
7. gruagach
8. duairc
9. bumailear
10. gliomach
11. pearraig
12. claonaire
13. fineag
14. pioghaid
15. trostanach
16. dìoghaltach
17. tocasaid
18. brùid



An do lorg thu faclan eile a tha nam faclan airson daoine?
Sgrìobh iad nad leabhar.

9 MI-FHÌN IS MO THEAGHLACH



Éist ris na faidhlichean-fuaim 1-3.

- Dèan fhèin faidhle fiosrachaидh mu do dheidhinn fhèin agus do theaghlaich.
- Cleachd na faidhlichean an seo airson cuideachadh.
- Tha diofar dhòighean ann airson seo a dhèanamh mar a chì thu.
- Seall am faidhle fiosrachaидh agad dhan chlas.
- Coimhead air na nòtaichean agad bho Obair 4 air td 15.



10 ROIMHEARAN SEALBHACH

Is e roimhearan sealbhach a th' anns na roimhearan a bhios ag innse gu bheil rudeigin **aig** no **le** cuideigin, mar eisimpleir...

- An e sin **d'** athair anns an dealbh? Chan e sin **m'** athair, 's e sin **mo** sheanair nuair a bha e òg.
- Dè an t-ainm a tha air **do** mhàthair? 'S e Catriona a tha air **mo** mhàthair.
- Tha **mo** cheann anabarrach goirt.
- Dè tha ceàrr oirre? Tha **a** gàirdean briste.
- Ò, **mo** dhùthaich, 's tu air **m'** aire!

		connragan 1 b, c, d, f, g, m, p, sl, sn, sr, s+fuaimreag, t	connragan 2 l, n, r, sg, sp, st, sm	fuaimreagan	f+fuaimreag
mi	mo	mo bhràthair	mo sporan	m' athair	m' fhèileadh
thu	do	do bhràthair	do sporan	d' athair	d' fhèileadh
e	a	a bhràthair	a sporan	athair	(a) fhèileadh
i	a	a bràthair	a sporan	a h-athair	a fèileadh
sinn	ar	ar bràthair	ar sporan	ar n-athair	ar fèileadh
sibh	ur	ur bràthair	ur sporan	ur n-athair	ur fèileadh
iad	an, am	am bràthair an seanair	an sporan	an athair	am fèileadh

Ann an Gàidhlig, cleachdaidh sinn roimhearan sealbhach airson rudan a tha cudromach no prìseil dhut.

Bu chòir dhut mo/do agus na roimhearan sealbhach eile a chleachdadadh anns na suidheachaidhean seo an-còmhnaidh:

- 
- Daoine san teaghlaich – *mo bhràthair, m' athair*
 - Buill den bhodhaig – *mo cheann ...*
 - Aodach – geansaидh, lèine, brògan – *Càit a bheil mo bhrògan?*
 - Eachdraidh, dualchas agus urram – cliù, urram, beachd, sinnsireachd – *Tha mi moiteil às mo dhualchas.*
 - Rudan a tha glè phrìseil dhut – mo ghaol, mo rùn, mo dhùthaich, mo sporan

Cuir ceart na seantansan seo:

Is e roimhearan sealbhach a th' anns na roimhearan a bhios ag innse gu bheil rudeigin **aig** no **le** cuideigin. Tha 1 dèante dhut.

1. Am faca tu **am bràthair agam?**
Am faca tu **mo bhràthair?**
2. Bhris mi **a' chas agam.**
3. Bha seoclaid air **a' gheansaидh aige.**
4. Rinn a' chonnspaid cron mòr air **a' chliù aice.**
5. "A' fagàil **na dùthcha againn** gun dùil ri thighinn beò ann."
6. Dè **am beachd agad** air an fhilm ùr aige?
7. Tha **an teaghlaich agam** glè bhrònach an-dràsta.
8. Bha **an inntinn agam** sgìth às dèidh na deuchainn.
9. "**An t-Athair againn** a tha air nèamh".



Cnuasachadh – Thu fhèin san àrd-sgoil

Tha thu air a bhith anns an àrd-sgoil airson beagan làithean a-nis.
Dè do bheachd oirre?

Is e àite gu math beòthail a th' anns an àrd-sgoil agus tha e gu math diofraichte on bhun-sgoil, ach tha rudan a tha gu math coltach cuideachd.

Dèan clàr na do leabhar air neo air pìos pàipeir le dà cholbh agus na cinn a leanas air. Dèan coimeas eadar a' bhun-sgoil agus an àrd-sgoil. Dèan seo airson còig gu seachd a mhionaidean leat fhèin.

An uair sin, roinn seo anns a' bhuidheann agad a' gabhail turas mu seach do bheachdan a sgaoileadh. Mur eil beachd cuideigin eile agad, sgriobh dhan chlàr agad fhèin e. Ma tha fear agad mu thràth, no fear coltach ris, cuir comharra air an fhear sin.



Rudan a tha coltach ris a' bhun-sgoil

Rudan a tha eu-coltach bhon bhun-sgoil

...

Thoir taing do dhaoine airson am beachdan.
Na cuir sìos air beachd duine sam bith eile.



11 THU FHÈIN SAN ÀRD-SGOIL



Faigh pìos pàipear A3. Roinn e ann an cairtealan. Sgrìobh na ceistean a leanas air.

Anns a' bhuidheann agaibh, cuiribh na beachdan agaibh air a' phàipear.

Bidh feum aig cuideigin on bhuidheann beachdan na buidhne a thoirt dhan chlas air fad. Bidh an tidsear a' taghadh an neach seo aig an deireadh, agus mar sin feumaidh a h-uile duine a bhith deiseil airson bruidhinn.



Feumaidh a h-uile duine sa bhuidheann beachd a thoirt agus tuigse a bhith aca air na h-adhbharan airson gach beachd air a' phàipear

Dè na rudan a tha math mun àrd-sgoil?

Dè na rudan nach eil cho math?

Dè na cothroman a tha ann dhut san àrd-sgoil?

Dè na dùblain a tha romhad san àrd-sgoil?

12 GÀIDHLIG SAN ÂRD-SGOIL

Mur eil thu ann an Àrd-sgoil Ghàidhlig mar a tha aca ann an Glaschu, bidh thu air mothachadh gu bheil diofar anns an ùine a bhios tu a' faighinn sa Ghàidhlig anns an àrd-sgoil. 'S dòcha nach fhaigh thu ach 3 clasaichean san t-seachdain.



Obair 1


Anns an eacarsaich seo, tha sibh a' dol a bhruiddhinn mar chlas air suidheachadh na Gàidhlig san àrd-sgoil. Smaonichibh air na puingean seo agus feadhainn sam bith eile a tha iomchaidh:

- Ciamaid a tha Gàidhlig diofraichte san àrd-sgoil on bhun-sgoil?
- Dè na duilgheadasan a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh cleachdad na Gàidhlig?
- An do choinnich thu ri daoine le beachdan an aghaidh na Gàidhlig san sgoil?
- Ciamaid a bu chòir dhut deiligeadh ri leithid?
- Ciamaid as urrainn dhut do Ghàidhlig a chumail suas?
- Ciamaid as urrainn dhan chlas a bhith a' cuideachadh a chèile le cleachdad na Gàidhlig?



Obair 2

Ullaicheadh postairean airson na sgoile a bhios a' sanasachd Gàidhlig agus chuireas an aghaidh bhreugan agus fiosrachadh ceàrr mun chànan.





13 FOGLAM TRO MHEADHAN NA GÀIDHLIG

Obair 1

Leugh an earrann a leanas agus freagair na ceistean air td 30.

Tha eachdraidh dhuilich air a bhith aig a' Ghàidhlig ann am foghlam na h-Alba thar nam bliadhnaichean. On naoidheamh linn deug, cha robh e ceadaichte a bhith a' teagasg anns a' chànan airson ùine mhòr, agus bhiodh sgoilearan gam peanasachadh le tàthas* ma bha iad ga bruidhinn idir.

Ged a sguir seo mu na caogadan, bha Gàidhlig fhathast gu math ìosal mar chànan agus mar chuspair. Cha robh sgoilearan a bha ag iarraidh a dhol gu colaiste no oilthigh a' faighinn brosnachadh sam bith airson Gàidhlig ionnsachadh, agus bhiodh Gàidhlig ga teagasg san aon dòigh ri Fraingis no Gearmaitis, fiù 's ged a bhiodh làn an clraiginn** de Ghàidhlig aig na sgoilearan sa chlas.

Dh'atharraich cùisean anns na h-ochdadhan, nuair a thòisich Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, às dèidh strì mhòr, ann an dà aonad beag ann an Glaschu agus ann an Inbhir Nis, taobh a-staigh sgoiltean Beurla. Bliadhna às dèidh sin, dh'fhosgail aonadan ann am Port Rìgh san Eilean Sgitheanach agus ann am Breascleit ann an Leòdhas.

Dè tha ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig? Is e dòigh-teagaisg a th' ann far am bi an t-ionnsachadh air fad aig sgoilear a' tachairt anns a' chànan – Saidheans, Matamataig, Cruinn-eòlas agus fiù 's Beurla uaireannan. Is e 'bogadh' a chanar ri seo, agus thathar an dùil gum fàs an sgoilear fileanta gu nàdarra tro bhith a' dèanamh seo.

Nuair a dh'fhosgail na h-aonadan an toiseach, bha mòran anns a' choimhlearsnachd Ghàidhlig iomagaineach mun deidhinn oir bha iad air fulang san t-seann shiostam far an robh Gàidhlig ga cur sìos. Shaoil cuid gun dèanadh e cron air sgilean na cloinne, ach bha iad gu math fada ceàrr.

Tha rannsachadh oilthigh air sealltainn gum bi sgoilearan a rinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a cheart cho math sa Bheurla ri sgoilearan Beurla, agus gu math tric tha iad nas fheàrr. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig glè shoirbheachail san dòigh seo agus 's e sin as coireach gu bheil pàrantan air feadh na dùthcha a' cur na cloinne aca ann.

Tha trioblaidean a' tighinn le soirbheachas mar seo ge-tà. Tha e uaireannan doirbh tidsearan fhaighinn dhan a h-uile sgoil a th' ann, chan eil am foghlam cho leantainneach anns an àrd-sgoil agus tha fhathast daoine aineolach a' cur sìos air a' Ghàidhlig, ach airson a' mhòr-chuid, tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a' sìor fhàs agus a' cuideachadh le bhith a' cumail a' chàin beò.

* tàthas – pìos leathar cruaidh ** làn an clraiginn – gu leòr nan cinn



Ceistean

1. **Paragraf 1:** Dè bhiodh a' tachairt do chlann a bhiodh a' bruidhinn Gàidhlig san sgoil sna seann làithean?
2. **Paragraf 2:** Thoir eisimpleir a tha a' sealltainn cho ìosal 's a bha Gàidhlig mar chuspair sna sgoiltean.
3. **Paragraf 3:** Dè tha an abairt “às dèidh strì mhòr” ag innse dhuinn mu cho furasta 's a bha e foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a thòiseachadh?
4. **Paragraf 4:** A rèir na h-earrainn, dè tha ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?
5. **Paragraf 5 & 6:** Carson a bha cuid sa choimhearsnachd a' gabhail dragh mu dheidhinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?
6. **Paragraf 5 & 6:** Dè tha a' sealltainn nach leigeadh na daoine sin a leas a bhith iomagaineach?
7. **Paragraf 7:** Thoir dà eisimpleir de dhùbhlain a tha fhathast ann airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.



Obair 2

Dèan rannsachadh air eachdraidh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns na sgoiltean faisg ort fhèin. (Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)

Smaoinich air na puingean a leanas:

An do għluais e uair sam bith?

Cia mheud sgoilear a tha air
a dhol troimhpe?

Cuin a thoisich e innte/annta?

Cia mheud sgoilear a tha innte/annta?

Bruidhinn ri tidsear agus/no seann sgoilear
mu bhith an sàs ann an sgoil mar seo.

Is dòcha gum bi thu airson seo a chlàradh
air an fhòn agad air neo le camara mòr.

Dèan coimeas còmhla ri sgoil eile le Gàidhlig ann
an Alba. A bheil an àrd-sgoil agad a' tabhann
chuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig?

A bheil tidsearan eile anns an sgoil agad aig a bheil
Gàidhlig air neo ceangal ris a' Ghàidhealtachd?

Cia mheud àrd-sgoil ann an Alba a bhios
a' teagasc tro mheadhan na Gàidhlig?

Cia mheud sgoilear a tha ann am foghlam
tro mheadhan na Gàidhlig?

Is dòcha gun cleachd thu map
airson na sgoiltean a shealltainn.

Cruthaich postair no làrach-lìn no bhidio goirid
mun sgoil agadsa agus sgoil eile.

14 NA CUSPAIREAN AGAM

Dè na cuspairean a bhios an sgoil agad a' tabhann?

An aithne dhut a' Ghàidhlig airson a h-uile cuspair-sgoile a th' ann?



Obair 1

Mar bhuidheann, dèanaibh liosta dhiubh. Is dòcha gum bi agaibh ri coimhead san fhaclair no faighneachd dhan tidsear agaibh airson cuid a dh'fhaclan!



Obair 2

Dèan leth-bhreac den chlàr-àma agad agus lòn a-steach sa Ghàidhlig e.

Is dòcha gum bi aig an tidsear ri leth-bhreacan de chlàr-ama na sgoile a dhèanamh dhuibh. (Tha clàran-ama diofraichte aig a h-uile sgoil.)

	1	2	3	4	5	6
Diluain						
Dimàirt						
Diciadain						
Diardaoin						
Dihaoine						



Obair 3

Dèan sanasan Gàidhlig airson gach cuspair agus gach seòmar san sgoil. A bheil sanasan Gàidhlig san sgoil agad mar-thà?



Obair 3

Cuiribh ceistean air a chèile mu na clàran-ama agaibh, mar eisimpleir:

Dè tha againn feasgar Diardaoin?

Dè tha agad às dèidh àm lòin Dimàirt?

Cuin a tha Matamataig agad?

Dè tha agad a' chiad char madainn Diluain?



Feumaidh tu ceistean a chur air a h-uile neach sa bhuidheann. Feumaidh tu freagairt a thoirt. Thoir taing dha na daoine airson ceistean a fhreagairt.

15 A BHEIL ÚIDH AGAD ANN AM BEURLA? •



Obair 1

Éist ri Cailean a' bruidhinn ris an tidsear mu na cuspairean aige am-bliadhna.

Freagair na ceistean a leanas nad leabhar.

1. Dè na cuspairean a tha Cailean a' dèanamh am-bliadhna?
2. Dè an cuspair as fheàrr leis?
3. Dè an cuspair as lugh a le Cailean?
4. Tagh am freagairt ceart:

Chan eil e dèidheil air:

obair-dachaigh

sgrìobhadh

leughadh

5. Dè an dà spòrs air a bheil Cailean math?
6. Dè a bheachd air cuspairean Saidheans?
7. Carson a tha an sgoil a' còrdadh ris?



16 NA CUSPAIREAN AS FHEÀRR LEAM

Leugh an còmhradh seo agus freagair na ceistean a leanas air td 35.

Jennifer: Dè nach toigh leat anns an sgoil, Hannah?

Hannah: Tha sin furasta – Bith-eòlas. Tha gràin a' bhàis agam air!

Jennifer: Ach carson? Tha e furasta agus tha thu math air!

Hannah: Tha, ach chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil e inntinneach agus tha Mgr MacRath agam.

Jennifer: Obh obh! Tha mi a' tuigsinn carson a-nis! Tha esan cho tioram, nach eil? Tha Miss Peters agamsa. Tha ise laghach. Dè an cuspair as fheàrr leat ma-thà?

Hannah: 'S fheàrr leam Fiosaigs.

Jennifer: Dè? Tha thusa neònach! Tha an cuspair sin fada ro dhoirbh. Tha tòrr Matamataig ann.

Hannah: Chan eil mise a' smaoineachadh gu bheil e cho doirbh sin, ach tha mi meadhanach math air Matamataig co-dhiù agus tha an tidsear math.

Jennifer: Uill chan eil mise a' tuigsinn Matamataig no Fiosaigs idir, idir.

Hannah: Dè as toigh leat fhèin ma-thà, Jennifer?

Jennifer: Hmm cha toigh leam mòran! Tha Eaconamas Dachaigh ceart gu leòr agus tha mi meadhanach math air Ealain agus Eachdraidh.

Hannah: Tha thusa a' dèanamh Fraingis, nach eil?

Jennifer: Tha.

Hannah: A bheil sin a' còrdadh riut?

Jennifer: Chan eil mi uabhasach measail air, ach tha e furasta gu leòr. 'S fheàrr leam Gàidhlig oir tha e nas phasa.

Hannah: Cò an tidsear a th' agad airson Beurla?

Jennifer: Huh! Miss Pheutan. Tha i cho greannach!

Hannah: Chan eil mise uabhasach measail air Beurla nas mothà. Tha tòrr sgrìobhaidh ann.

Jennifer: A Dhaibhidh, dè do bheachd-sa?
Tha thu uabhasach sàmhach. Dè tha ceàrr ort?

Daibhidh: Is lugh' orm Eòlas Pearsanta is Sòisealta! Cha toigh leam a bhith a' bruidhinn!

Jennifer: Ò. Ceart gu leòr.



1. Dèan liosta de na cuspairean a tha a' nochdadadh sa chòmhradh. Tha deich ann.
2. a) Dè an cuspair as lugh a Hannah?
b) Carson a tha seo neònach le Jennifer?
c) Dè an dà adhbhar a th' aig Hannah airson a beachd?
3. a) Dè beachd Jennifer air Mgr MacRath?
b) Dè an cuspair as fheàrr le Hannah?
c) Dè an dà rud a chanas Jennifer mun chuspair sin?
d) Ciamar a tha Hannah a' cur taic ris an taghadh aice?
4. a) Dè na cuspairean air a bheil Jennifer meadhanach math?
b) Dè a beachd air Gàidhlig agus Fraingis?
5. Thoir fiosrachadh mu dheidhinn Miss Pheutan.
6. Carson nach eil Daibhidh air bruidhinn?



17 TAISBEANADH



Tha thu a-nis a' dol a bhruidhinn ri caraid mu na cuspairean sgoile agad. Smaoinich air a h-uile cuspair a bhios tu a' dèanamh.

Bidh do charaid gad mheasadh. Feumaidh tu bruidhinn airson 1-2 mhionaid mu na cuspairean agad. Gheibh thu deich mionaidean airson ullachadh a dhèanamh. Faodaidh tu notaichean goirid a chur ri chèile.

Bidh do charaid gad mheasadh air na puingean a leanas:

- **An robh iad soilleir agus siùblach san dòigh air an robh iad a' bruidhinn?**
- **Ma bha iad a' stad, an do lean iad orra gun cus trioblaid?**
- **An tug iad adhbhar airson nam beachdan aca?**
- **An do rinn iad coimeas eadar cuspairean?**
- **An do chleachd iad diofar bhuadhairean airson bruidhinn air na diofar chuspairean?**
- **An do chleachd iad atharraichean buadhair mar glè, uabhasach no fhèin?**
- **An do sheachain iad Beurla a chleachdad?**

Bidh do charaid a' toirt dhut comhairle às dèidh làimh air cho math 's a rinn thu a rèir nan slatan-tomhais.

Feumaidh tu èisteachd ris an neach a bhios a' bruidhinn agus feumaidh tu innse dhaibh aon rud a rinn iad math agus aon rud a dh'fheumas iad a leasachadh an-ath-thuras a bhios iad a' bruidhinn air cuspair.

Faclan Feumail airson bruidhinn air an sgoil

Tha/Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil...	Tha ... nas fheàrr/has miosa na...
... furasta gu leòr	nas phasa (na)
... fada ro dhoirbh	nas dorra (na)
... caran doirbh	Tha ... a' còrdadh rium gu mòr
... ceart gu leòr	Chan eil ... a' còrdadh rium idir
... sgoinneil!	Chan eil mi ga thuigsinn
... cho tioram	Tha mi sgìth dheth
... gu math inntinneach	Bidh mi toilichte sgur dheth
... an tidsear laghach/crosta/èibhinn	Cha d' fhiach...
... mi meadhanach math air...	Tha/Chan eil mi uabhasach measail air...
Tha ùidh mhòr agam ann an...	Tha gràin agam air...
Tha cus obrach ann	'S beag orm.../'S lugh' orm...
'S e ... an cuspair as fheàrr leam	Tha tòrr sgrìobhaidh ann an Dràma

18 CÀNAN GNÈ!

Tha gnè (fireann no boireann) aig gach ainmear anns a' Ghàidhlig. Tha seo a' toirt buaidh air iomadh rud – mar a bhios am facal ag atharrachadh ann an diofar thuissealan agus mar a bheir e buaidh air buadhairean. Cuidichidh an earrann seo thu gu bhith ag aithneachadh mar a bhios seo ag obrachadh.



Obair 1

A bheil na facail seo boireann no fireann? Comharraich iad le b no f. Carson a bha thu a' smaoineachadh sin?

- balach
- uinneag
- nighean
- bodach
- làmh
- tarbh
- rionnag
- ailbhean
- cailleach



Obair 2

Cuir na faclan seo sa chlàr. Faodaidh sibh seo a dhèanamh ann an càraid.

<input type="checkbox"/> bò	<input type="checkbox"/> cloc	<input type="checkbox"/> mòinteach	<input type="checkbox"/> grian
<input type="checkbox"/> cù	<input type="checkbox"/> drochaid	<input type="checkbox"/> bradan	<input type="checkbox"/> slat
<input type="checkbox"/> uinneag	<input type="checkbox"/> clàrsach	<input type="checkbox"/> pìobaireachd	<input type="checkbox"/> bràigh
<input type="checkbox"/> camanachd	<input type="checkbox"/> Albannach	<input type="checkbox"/> bùidsear	<input type="checkbox"/> duilleag
<input type="checkbox"/> làmh	<input type="checkbox"/> iuchair	<input type="checkbox"/> sgrìobhaiche	<input type="checkbox"/> dùn
<input type="checkbox"/> sùil	<input type="checkbox"/> glas	<input type="checkbox"/> coimpiutair	<input type="checkbox"/> sanas
<input type="checkbox"/> bàta	<input type="checkbox"/> sgoil	<input type="checkbox"/> fear	<input type="checkbox"/> gealach
<input type="checkbox"/> seòl	<input type="checkbox"/> beinn	<input type="checkbox"/> boireannach	

Fireann

Boireann

Ciamar a tha fios agad a bheil facial fireann no boireann?

'S e a' chiad fhreagairt gum bi fios agad on a bhith ga chleachdad. Ach uaireannan, gheibh thu facail air nach robh thu eòlach roimhe.

1. Gnè a' chuspair

An e ainm rudeigin a tha fireann?

Iain Beag Mairi Bheag

Mar eisimpleir, tha am facial tarbh fireann


agus tha am facial bò boireann.

an tarbh mòr

am fear mòr

a' bhò mhòr

an tè bheag



Thoir an aire... tha am facial "boireannach" fireann!



2. Obraichean

Tha obraichean a bha gu traidiseanta air an dèanamh le fir fireann agus a' chuid a bha air an dèanamh le boireannaich boireann. Chan eil seo a' ciallachadh nach fhaod daoine o ghnè eile an dèanamh! Gu math tric, thèid 'ban' a chur aig toiseach dreuchd gus am bi fios agad gur e boireannach a bha ga dhèanamh gu traidiseanta.

banaltram – boireann

bànrigh – boireann

Tha am facial nurs ann a-nis ga chleachdad. an àite banaltram.

3. Faclan sònraichte

Tha a' chuid seo an-còmhnaidh fireann – craobhan, eileamaidean, ràithean, làithean, meatailtean, dathan, glasraich, deochan.

an darach

an tuisge

an geamhradh

an tòr

an dearg

an curran

an leann



Tha iad seo an-còmhnaidh boireann – Dùthchannan, nithean sna speuran, ionnsramaidean ciùil agus galaran



a' Ghearmailt
a' ghrian
a' chlàrsach
a' ghriùthlach



Tha a' mhòr-chuid de dh'fhaclan a' crìochnachadh le -air, -a, -ach, -adh, -iche, -(e)an, -as fireann.



sgiobair
bàta, bata
sionnach
òran
preas
achadh



Tha a' mhòr-chuid de dh'fhaclan a' crìochnachadh le -e, -ag, -lann agus -achd boireann.



teine
caileag
clann
caismeachd
piobaireachd
sgeulachd



Ma tha an fhuaimreag mu dheireadh leathann (a, o, u) seach caol (e, i), gu math tric tha am facal fireann.

- ♀ iuchair – boireann
- ♂ An t-luchar – fireann
- ♂ an t-eilean – fireann
- ♀ an innis – boireann
- ♂ cnoc – fireann
- ♀ beinn – boireann

Obair 3

A-nis agus thu air sùil a thoirt air na riaghailtean, cuir na faclan seo dhan chlàr. Faodaidh sibh seo a dhèanamh ann an càraig.

tarbh
piseag
doras
bàrdachd
cas
ceann
long
ràmh

uair
druim
piob
Sasannach
cidhe
crann
oilthigh
sgùrr

allt
sgadan
port
dotair
leughadair
luchag
tè
cailinn

reul
rionnag
bruthach
caileag
daolag
tuathanas
soidhne
pòg



19 CĀNAN GNÈ AGUS BUADHAIREAN

Seall air mar a tha gnè a' toirt buaidh air an alt agus air a' bhuadhair
Mar eisimpleir:

Fireann An t-Eilean Mòr, Am Bodach Dall, An Cladach Glas,
An Taigh Dearg

Boireann A' Bheinn Mhòr, A' Chailleach Dhall, An Tràigh Gheal,
An t-Sròn Dhearg

Obair 1

Cuir am buadhair 'beag' agus an t-alt ris na faclan a leanas.

ainmearan fireann

- balach
- clachan
- each
- eilean
- fraoch
- saor



ainmearan boireann

- caileag
- faoileag
- oiteag
- sùil



Coimhead air mar a tha na h-ainmearan seo ag obrachadh le alt agus buadhair.

ainmearan fireann

balach	am balach beag
clachan	an clachan beag
each	an t-each beag
eilean	an t-eilean beag
fraoch	am fraoch beag
saor	an saor beag

ainmearan boireann

caileag	a' chaileag bheag
faoileag	an fhaoileag bheag
oiteag	an oiteag bheag
sùil	an t-sùil bheag

Carson a tha gnè cudromach?

Mar a chì thu, tha gnè a' ciallachadh tòrr a thaobh mar a tha facial ag obrachadh, an dà chuid leis fhèin agus mar a bheir e buaidh air faclan eile.

1. Bidh gnè a' toirt buaidh air mar a tha am facial ag atharrachadh leis an alt.
sùil – an t-sùil ♀ (boireann)
sionnach – an sionnach ♂ (fireann)
2. Bidh faclan boireann a' sèimheachadh bhuadhairean (agus a' cur 'h' ann far an gabh sin dèanamh.) ach cha bhi faclan fireann sa chìad dol a-mach.

uinneag mhòr
caora dhubb

doras mòr
each donn

Obair 2

Cuir am buadhair 'mòr' agus an t-alt ris na faclan a leanas. Thoir an aire air gnè!

balla

cupa

eadar-lòn

Eireannach

leabhar

oisean

saoghal

cailleach

òinseach

sròn



Bidh gnè cuideachd a' toirt buaidh air mar a bhios an t-ainmear ag atharrachadh anns na tuisealan tabhartach agus ginideach.

Bidh barrachd a' nochdadadh mun seo anns an aonad **An Saoghal Nàdarra.**

am bòrd (f) – Tha an truinnsear air a' bhòrd

a' chreag (b) – Tha an t-eun air a' chreig

an uinneag (b) – Dh'fhàg mi mo sporan ri taobh na h-uinneig.

an t-each (f) – Bha mi a-muigh sa mhadainn a' biathadh an eich.

an t-sròn (b) – Bhuail am ball e air an t-sròn.

an sionnach (f) – Mharbhadh na clearan leis an t-sionnach.

a' chailleach (b) – Bha mi thall aig taigh na caillich a-raoir.

an captean (f) – Bha sluagh mòr ann airson tiodhlacadh a' chaitpein.

Chithear seo cuideachd ann an ainmean-àite. A-rithist bidh tòrr mun seo anns an aonad **An Saoghal Nàdarra.**

Creag an t-Sionnaich

Taigh na Caillich

Eilean an Eich

Rubha a' Chaitpein

20 A' DOL AIR ADHART...

Mar a bhios tu a' gluasad air adhart san sgoil, bidh agad ri cuspairean a thaghadh. Bidh thu a' smaoineachadh air iomadh rud nuair a bhios seo a' tachairt; dè tha thu an dùil a dhèanamh mar obair, dè bu toigh leat a dhèanamh aig an oilthigh no sa cholaiste, no dìreach na tha a' còrdadh riut no dè nach eil.



Seo trì earrannan o sgoilearan nas sine a' bruidhinn air cò ris a tha e coltach sa cheathramh bliadhna.

Leugh **dà** earrann.

Freagair na ceistean air an **dà** earrann a thagh thu.

- a. Càit a bheil na sgoilearan a' fuireach?
- b. Dè na sgoiltean sa bheil iad?
- c. Thoir fiosrachadh air aon chuspair as toigh leotha/a chòrdas riutha.
- d. Thoir fiosrachadh air aon chuspair nach toigh leotha/nach còrd riutha.
- e. Thoir fiosrachadh air na tha iad an dùil a dhèanamh an-ath-bhliadhna.
- f. Smaoinich air dè chòrdadh riut a dhèanamh san àm ri teachd. Dè an obair a bu toigh leat a dhèanamh? Càit an rachadh tu dhan oilthigh no dhan cholaiste mar eisimpleir? Sgrìobh earrann ghoirid air dè chòrdadh riut a bhith a' dèanamh ann an deich bliadhna eile.

1

Màiri NiclllEathain

Hi! Is mise Màiri NiclllEathain. Tha mi còig-deug agus tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil a' Phluic. Tha mi a' fuireach ann an Loch Carrann agus a' dol dhan sgoil air a' bhus. Is toigh leam a bhith a' fuireach ann an Loch Carrann agus tha an sgoil a' còrdadh rium. Chan eil ach trì cheud sgoilear anns an sgoil agam, ach tha mi a' smaoineachadh gu bheil i mòr gu leòr.

Am-bliadhna, tha mi a' dèanamh Beurla, Matamataig, Gàidhlig, Ealain, Ceòl, Eachdraidh agus Ceimigeachd.

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi meadhanach math air Beurla agus Matamataig, ach chan eil iad a' còrdadh rium. Tha mi nas fheàrr air Gàidhlig, Ealain agus Ceòl. Tha iad nas phasa na Beurla agus Matamataig co-dhiù! Tha ùidh mhòr agam ann an Ceòl. 'S urrainn dhomh a' chlàrsach a chluich agus is toigh leam seinn.

Chan eil mi uabhasach measail air Eachdraidh. Chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil e inntinneach. 'S e Ceimigeachd an cuspair as dorra, tha mi a' smaoineachadh. Chan eil mi ga thuigsinn agus bidh mi toilichte sgur dheth.

An-ath-bhliadhna tha mi 'n dùil Gàidhlig, Ealain agus Ceòl a dhèanamh. Feumaidh mi Beurla agus Matamataig a dhèanamh cuideachd. Tha mi ag iarraidh a dhol dhan oilthigh ann an Glaschu agus Ealain a dhèanamh. Chan eil mi a' dol a dhèanamh Ceimigeachd no Eachdraidh.



2

Màrtainn MacIleDhuibh

Halò. 'S e Màrtainn an t-ainm a th' orm – Màrtainn MacIleDhuibh agus 's ann à Leòdhas a tha mi. Tha mi gu bhith sia-deug anns a' Ghiblean agus tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Sgoil MhicNeacail ann an Steòrnabhagh. Tha mi a' fuireach ann an Càrlabhagh. Chan eil Càrlabhagh faisg air an sgoil agus feumaidh mi a dhol dhan sgoil air bus.

Chan eil mi uabhasach dèidheil air an sgoil, ach chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil i doirbh agus tha na tidsearan laghach gu leòr.

Am-bliadhna tha mi air Beurla, Matamataig, Gàidhlig, Fiosaigs, Teicneòlas, Cruinn-eòlas agus Coimpiutaireachd a dhèanamh.

Cha toigh leam Beurla idir oir tha cus sgriobhaidh ann agus chan eil mi a' smaoineachadh gu bheil Gàidhlig, Cruinn-eòlas no Fiosaigs inntinneach idir. Tha Matamataig agus Coimpiutaireachd furasta gu leòr agus tha ùidh mhòr agam ann an Teicneòlas.

Dè tha mi a' dol a dhèanamh an-ath-bhliadhna? Obair! Tha mi 'n dùil an sgoil fhàgail agus gheibh mi obair còmhla ri m' athair. 'S e saor a th' ann.



3

Seòna Mhoireasdan

Hi. Is mise Seòna Mhoireasdan agus 's ann às a' Choingheal a tha mi. Tha mi sia-deug agus tha mi air a' cheathramh bliadhna ann an Àrd-sgoil an Òbain. Tha an sgoil ceart gu leòr, ach tha tòrr obair-dachaigh agam am-bliadhna!

Bidh mi a' dèanamh Eaconamas Dachaigh, Bith-eòlas, Fraingis, Teicneòlas, Matamataig, Beurla agus Nuadh-eòlas.

'S fheàrr leam Eaconamas Dachaigh oir tha ùidh mhòr agam ann an còcaireachd agus tha mi a' smaoineachadh gu bheil an tidsear glè mhath. Chan eil Fraingis a' càrdadh rium idir. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil e fada ro dhoirbh. Chan eil mi ga thuigsinn idir. B' fheàrr leam gun do lean mi orm le Gàidhlig. Chan eil mi ro dhona air Teicneòlas no Bith-eòlas.

Chan eil mi measail air Nuadh-eòlas idir. Chan eil e doirbh, ach tha mi a' smaoineachadh gu bheil e cho tioram! Tha gràin agam air an tidsear cuideachd! Tha Beurla agus Matamataig ceart gu leòr ach chan eil mi ro mhath orra.

An-ath-bhliadhna tha mi 'n dùil an sgoil fhàgail. Tha mi ag iarraidh obair ann an taigh-bìdh no ann an taigh-òsta anns an Òban.



21 SGOIL CHIÙIL NA GAIDHEALTACHD

Leugh an earrainn seo mu sgoil gu math sònraichte air a' Ghàidhealtachd agus freagair na ceistean.

Dh'fhosgail Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd anns a' bhliadhna dà mhìle ann an Àrd-sgoil a' Phluic. Bidh sgoilearan bho air feadh na h-Alba a' dol dhan sgoil. Tha iad uabhasach tàlantach ann an ceòl traidiseanta agus seinn.

Bidh mu thriù cheud sgoilear a' dol gu Àrd-sgoil a' Phluic agus tha mu fhichead 's a trì dhiubh sin anns an sgoil chiùil cuideachd. Bidh na tidsearan a' tighinn dhan sgoil bho air feadh na h-Alba. 'S e seinneadairean agus cluicheadairean proifeiseanta a th' annta agus tha iad uile gu math ainmeil.

Feumaidh na sgoilearan ciùil a dhol gu clasaichean àbhaisteach a h-uile latha, ach bidh iad cuideachd a' faighinn deich uairean a thìde de chlasaichean ciùil a h-uile seachdain. Cuideachd, feumaidh iad a bhith ag obair air an ionnsramaid/an t-seinn aca airson dà uair a thìde a h-uile h-oidhche. Tha iad uabhasach trang!

Às dèidh na sgoile, agus air an deireadh-sheachdain, bidh na sgoilearan a' cluich agus a' seinn aig consairtean agus cèlidhean agus, a h-uile bliadhna, bidh iad a' falbh air turas-ciùil còmhla timcheall Alba.

Gach bliadhna bidh na sgoilearan ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd a' dèanamh clàr. Seo cuid de na clàran a rinn iad. Tha ainmean inntinneach orra!

- First Class
- Aye Spy
- Three Cheese and a Teaburger
- Now That's What I Ceòl Music
- May The 4th Be With You
- We're A Case The Bunch Of Us



Feumaidh na sgoilearan dà rud ionnsachadh às na leanas: a' phìob, an fhidheall, a' chlàrsach, piàna/ meur-chlàr, òrain Ghàidhlig, an duiseal, an giotàr no an fhìdeag

Bidh iad cuideachd ag ionnsachadh eachdraidh ceòl traidiseanta agus mar a nì iad clàradh ann an stiùdio.

Ma tha thu ag iarraidh a dhol gu Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd:

Feumaidh tu...

- a bhith a' fuireach ann an Alba.
- a bhith fior mhath air ceòl traidiseanta no seinn.
- sealltainn cho math 's a tha thu air cluich/seinn.

Gach bliadhna, bidh tòrr sgoilearan a' cur a-steach airson Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd, ach chan eil e furasta faighinn a-steach.

Uaireannan bidh sgoilearan a' tùiseachadh ann an Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd air a' chiad bhliadhna, ach bidh tòrr dìreach a' tighinn air a' chòigeamh agus agus air an t-siathamh bliadhna.

Bidh na sgoilearan a' fuireach ann an ostail na sgoile. Faodaidh iad a dhol dhachaigh air an deireadh-sheachdain, ach uaireannan bidh iad ro thrang le consairtean agus cèilidhean!

Ma tha ùidh agad fhèin anns an sgoil seo, gheibh thu fiosrachadh agus foirm-iarrtais air an eadar-lòn air www.musicplockton.org



1. Cuin a dh'fhosgail Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd?
2. Dè an àrd-sgoil ris a bheil i ceangailte?
3. Cò às a tha na sgoilearan a' tighinn?
4. Cia mheud sgoilear a bhios a' dol dhan sgoil-chiùil?
5. Dè thathar ag ràdh mu na tidsearan?
6. Thoir iomradh air seachdain àbhaisteach do sgoilear san sgoil-chiùil.
7. Dè na gnìomhan anns am bi sgoilearan an sàs às dèidh na sgoile agus air an deireadh-sheachdain?
8. Càit an tèid na sgoilearan air chuairt gach bliadhna?
9. Dèan liosta dhen a h-uile ionnsramaid agus dòigh-chluiche as urrainn do sgoilearan ionnsachadh.
10. Dè an dà chuspair eile a bhios sgoilearan ag ionnsachadh?
11. Dè na trì rudan a dh'fheumas tu airson faighinn a-steach dhan sgoil?
12. Cuin a thòisicheas a' mhòr-chuid a' dol dhan sgoil?
13. Càit am bi sgoilearan a' fuireach tron t-seachdain? Carson nach bi iad a' dol dhachaigh uaireannan?
14. Ma tha ùidh agad a dhol dhan sgoil, dè nì thu?

22 LITIR IARRTAIS



A' leantainn an stiùiridh gu h-ìosal, fiù 's mura bheil thu math air ceòl no seinn, faodaidh tu na slatan-tomhais anns an earrainn air td 48/49 a leantainn agus iarrtas a dhèanamh airson àite aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd.

An Ceannard
Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd
Am Ploc
Loch Aillse
IV52 8TU

SEÒLADH

24 An Dàmhair

CEANN-LÀ

A Charaid Chòir,

FOIRMEIL

Is mise... agus tha mi airson a bhith nam
sgoilear aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd.

Tha mi a' coimhead air adhart ri cluinntinn
bhuaibh

Mise le meas,

DÙRACHD


23 AN SGOIL AGAMSA AGUS AN SGOIL AGADSA



Tha thu a' dol a sgriobhadh post-dealain gu sgoilear ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an sgoil eile ann an Alba. Cleachd na leanas:

- Dè an t-ainm a tha ort? Dè an aois a tha thu? Càit a bheil thu a' fuireach?
- Inns dhaibh mu na cuspairean agad.
- Inns dhaibh mu na goireasan san sgoil agad – tallachan-spòrs, coimpiutairean is eile.
- Ciamar a bhios tu a' siubhal dhan sgoil agus dè cho fad 's a bhios seo a' toirt?
- Fiosrachadh sam bith eile a tha iomchaidh.

Leugh an eisimpleir a dh'ullaich Ruairidh air td 52.





A charaid chòir,

Is e Ruairidh Moireasdan an t-ainm a tha orm, tha mi dà bhliadhna dheug a dh'aois agus tha mi a' fuireach ann am Baile a' Chàirn. Tha mi a' dol gu Àrd-sgoil Bhaile a' Chàirn agus tha mi anns a' chiad bhliadhna.

Anns an sgoil bidh mi a' dèanamh mòran chuspairean. Is e teicneòlas an cusapir as fheàrr leam oir is toigh leam a bhith ag obair le mo làmhan. Is fìor thoigh leam spòrs cuideachd air sgàth 's gu bheil mi craite mu bhall-coise. Is fheàrr leam Obar Dheathain, Manchester United agus Barcelona. Cò na sgiobaidhean as fheàrr leat fhèin?

Tha Gàidhlig ceart gu leòr. Tha an tidsear agam laghach agus is toigh leam a bhith a' bruidhinn Gàidhlig. Is beag orm coimpiutaireachd ge-tà, tha e cho tioram agus ràsanach! Ach 's e Beurla an cuspair as lugha orm. Tha mi a' smaoineachadh gu bheil an tidsear againn uabhasach grod. Tha i an-còmhnaidh feargach agus bidh i ag èigheachd fad na h-ùine.

Tha an sgoil agam reusanta mòr. Tha mu sheachd ceud sgoilear innte agus mu chaogad tidsear. Is e sgoil aosta a th' innte le mòran thogalaichean. Tha an talla-spòrs mòr, agus tha amar-snàmh againn cuideachd. Bidh sinn a' cruinneachadh airson aiseamblaidean ann an talla na sgoile. Tha pàirc phlastaig ann airson ball-coise agus pàirc fheòir airson rugbaidh. Chan eil na coimpiutairean againn uabhasach math. Tha iad cho slaodach. Tha iad ag ràdh gum bi sinn a' faighinn choimpiutairean ùra, ach chan eil mi gan creidsinn.

Tha mise a' fuireach mu dheich mìle on sgoil air an dùthaich, agus mar sin feumaidh mi tighinn air a' bhus a h-uile madainn. Uaireannan gheibh mi lioft bho mo mhàthair oir bidh ise ag obair aig an ospadal faisg air an sgoil.

Tha an sgoil a' còrdadh rium gu ìre ach chan eil i cho math sin!

Taing airson leughadh. Tha mi a' coimhead air adhart ri cluinntinn bhuat.

Mise le meas,

Ruairidh.



An Sgoil anns na Seann Làithean

Hi. Ciamar a tha a' dol dhut? Mar a chunnaic sinn na bu thràithe anns an aonad seo, bha an sgoil gu math diofraichte anns na seann làithean (nuair nach robh cead Gàidhlig a bhruidhinn is eile). Is e rud eile a tha gu math diofraichte an-diugh nach eil an uimhir de chlann a' falbh on dachaigh agus a' fuireach ann an ostailean (ged a tha feadhainn ga dhèanamh fhathast, mar eisimpleir sa Phloc.)

Bha an cleachdadadh seo gu math cumanta air a' Ghàidhealtachd anns an àm a dh'halbh, gu h-àraidh nuair a bha an cothrom aig balaich agus nigheanan an sgoil fhàgail aig ceithir-deug. (Smaoinich!). Ma bha thu ag iarraidh leantainn ort le foghlam, gu h-àraidh ma bha thu airson a dhol gu collaiste no oilthigh, dh'fheumadh tu a dhol dhan sgoil ann am baile mòr mar an t-Òban, Port Rìgh, Ceann a' Ghiùthsaich, Inbhir Nis, Goillspidh no An Gearastan.

Bha seo uabhasach doirbh dhan chloinn, agus anns na h-earrannan leughaidh agus na h-earrannan èisteachd a bhios tu a' faighinn an seo, gheibh thu a-mach mu na duilgheadasan a bha aig a' chloinn. Bha e doirbh dha na teaghlaichean, agus dha na coimhearsnachdan cuideachd. Bha cuid de theaghlaichean a' gluasad air fad gus nach biodh iad gan dealachadh. Is e sin a rinn na pàrantan aig Calum is Ruairidh MacDhòmhnaill on chòmhlan Runrig, agus pàrantan Aonghais Phàdraig Chaimbeil, an sgrìobhadair ainmeil.

Le meas,

Goiridh



24 RO ÒG A' FÀGAIL NA DACHAIGH

Leugh an earrann a leanas agus freagair na ceistean air td 55.

Dh'fhàg mi 'n taigh 's gun mi ach dà bhliadh'n' deug ann an 1942. Cha robh àrd-sgoiltean sna h-Eileanan a Deas. Ann an Uibhist a Tuath bha foghlam chun na treas bliadhna ri fhaighinn ann an Sgoil Cheann a' Bhàigh, sia mìle deug bho mo dhachaigh. Cha robh còmhdailean ann, cha robh guth air bus na sgoile agus b' fheudar dhomh loidseadh fhaighinn. An-dràsta 's a-rithist gheibhinn dhachaigh aig an deireadh-sheachdain le siubhal air mo bhaidhsagal.

An uair sin, rinn mi air Àrd-sgoil Phort Righ far am b' e mo dhachaigh, fad trì bliadhna, ostailean airson leth-cheud balach. Bha ostailean ann an Inbhir Nis agus anns a' Ghearsdan. Ann an Òban bha ostailean dha na caileagan, àite-fuirich fhaotainn ann an loidseadh Àird nam Murchan, a' Rud a dh'fhàg teaghlaichean ann am breislich.

B' e sgaradh daor cosgail a bha an sin. Ann an h-ostailean, b' e dà thidsear, mar bu trice, nach robh pòsta agus aig nach robh eòlas air togail chloinne, a bha a' gabhail àite nam pàrant.

Bha càirdeas, àbhachdas agus fealla-dhà eadar na balaich ann an ostailean Eilginn ann am Port Righ, ach chaidh an dàimh a bu chòir a bhith eadar sean agus òg anns na coimhearsnachdan às an t-sealladh.

Is gann gun cluinneadh tu facial Gàidhlig anns na h-ostailean. Ged a bha làn an clraiginn aig a' chuid mhòr de ghillean Bhaile Phort Righ, cha toireadh tu facial asta le greimire. Bha na balaich às na h-Eileanan a-muigh buailteach Beurla a chleachdadh cuideachd.

B' e sin an call. Cainnt mo mhàthar.

(An t-Albannach, 4 Am Faoilleach 2014)

1. Carson a bha e doirbh do sgoilearan faighinn do Sgoil Cheann a' Bhàigh?
2. Dè tha ag innse dhuinn nach d' fhuair an sgrìobhadair dhachaigh ro thric?
3. Dè an duilgheadas a bh' aig gillean a bha a' dol dhan àrd-sgoil san Òban?
4. Tha an sgrìobhadair ag innse dhuinn mu na tidsearan a bhiodh a' coimhead às an dèidh san ostail.
Saoil dè na trioblaidean a dh'fhaodadh a bhith ann mura robh teaghlaichean aig na tidsearan seo?
5. Ciamar a bha na balaich san ostail a' faighinn air adhart? Cleachd fianais on earrann.
6. Tha an sgrìobhadair a' bruidhinn air mar a thug na h-ostailean droch bhuaidh air a' Ghàidhlig. Mìnich na h-abairtean seo agus dè tha iad a' ciallachadh nad fhaclan fhèin:
“Làn an clraiginn”
“Cha toireadh tu facial asta le greimire”
7. Leugh an tiotal agus an earrann a-rithist. Saoil dè an seòrsa beachd a tha aig an sgrìobhadair air mar a bha clann a' falbh dha na h-ostailean? An e call no buannachd a bh' ann?

25 OSTAIL PHORT RÌGH



Cluinnidh tu dà earrann leis a' chraoladar Ghàidhlig Ailean Caimbeul. Ann an Earrann 1, tha e a' bruidhinn ri Murchadh Peutan agus san dàrna earrann ri Catriona Fhriseal mu bheatha ann an ostail Phort Rìgh.

Èist riutha agus freagair na ceistean.



Obair 1

Earrann 1

1. Ciamar a bha Murchadh a' faireachdainn a bhith a' fàgail na sgoile?
2. Dè an rud mì-mhodhail a bhiodh a' chlann a' dèanamh san ostail a rèir Ailein?
3. Dè tha ag innse dhuinn gun robh e duilich a charaidean san ostail fhàgail?

Earrann 2

1. Carson a bha na balaich san ostail nas fheàrr dheth a rèir Catriona?
2. Dè na cothroman airson spòrs a bhiodh na nigheanan a' faighinn?
3. Dè bhiodh a' tachairt nuair a bha feadhainn a' dol dhan taigh-dhealbh?

Obair 2

Sgrìobhadh Pearsanta – Leabhar-latha

Sgrìobh earrann airson do leabhar-latha mar gun robh thu nad sgoilear a' fuireach ann an ostail anns a' bhaile mhòr.

- Dè bhiodh tu ag ionndrainn on dùthaich?
- Cò bhiodh tu ag ionndrainn?
- Dè na rudan a rinn thu an-diugh?
- Cuimhnich nach robh an teicneòlas a tha againn an-diugh aca aig an àm ud.

PORTREE HOSTEL PIC NEEDED

26 CÀNAN RO-RIOCHDAIREAN 2 - RI, DO, ANN

Thug sinn sùil air ro-riochdairean roimhe. Seo trì eile a tha cumanta.

Thug Calum breab **do** dh'Aonghas nuair a thug Aonghas buille **dha**.

An urrainn **do** Mhàiri seinn?

Chan urrainn **dhi** idir seinn; tha i sgreataidh!

An robh thu a' bruidhinn **ri** Màiri fhathast?

Bu chòir dhut bruidhinn **rithe**.

Nach e luchd-smàlaidh a th' **ann an** lain agus Elaine?

Chan e, 's e poilis a th' **annta**.

	ri	do	ann
mi	rium	dhomh	annam
thu	riut	dhut	annad
e	ris	dha	ann
i	rithe	dhi	innte
sinn	rinn	dhuinn	annainn
sibh	ribh	dhuibh	annaibh
iad	riutha	dhaibh	annta

Obair 1

Sgrìobh na h-abairtean seo nad leabhar agus lòn na beàrnan leis a' chruth cheart den ro-riochdair.

1. An do bhruidhinn Mairead (ri; thu) _____ mu dheidhinn an t-suidheachaidh?
2. A bheil thu ag iarraidh tiogaid airson a' chèilidh. Chan urrainn (do; mi) _____ a dhol ann.
3. An tug thu (do; mi) _____ an t-airgead sin fhathast? Thug mi (do; thu) _____ e Dihaoine sa chaidh. Nach eil cuimhne (aig; thu) _____?
4. Cha robh mi ag èisteachd (ri; i) _____. Dè thuirt i?
5. Nuair a bha mi beag, bha mi airson a bhith coltach (ri; iad) _____.

7. Dè an obair a tha (aig; sibh) _____? 'S e tidsearan Gàidhlig a th' (ann; sinn) _____.
8. Cha bu chòir (do; sinn) _____ a bhith a' fuireach ro fhada. Chì iad sinn.
9. Bhruidhinn iad (ri; mi) _____ a-raoir. Tha agallamhan ann Dihaoine, ach chan urrainn (do; mi) _____ a dhol ann oir tha mi a' dol air làithean-saora.
10. 'S e clachair a th' (ann; thu) _____. An urrainn (do; thu) _____ mullach an taighe agam a charadh? 'S e pròiseact mòr a th' (ann; e) _____.

Obair 2

Atharraich na seantasan anns an leabhar gus am bi iad a' cleachdadadh ro-riochdairean a-mhàin.

1. 'S e dùthaich bhrèagha àlainn a th' **anns an Ungair**.
2. Bha Murchadh cho coltach **ri a sheanair**.
3. Dh'fheuch mi bruidhinn **ris na tidsearan**, ach bha iad ro fheargach.
4. Dh'fhàg am bodach a' chroit **aig an teaghlaich** nuair a bhàsaich e o chionn deich bliadhna.
5. "A Chaluim, a bheil thu ag èisteachd **ri do mhàthair**? 'S e boireannach ciallach a tha **nad mhàthair**!"
6. "Chan urrainn **thusa agus mise** fàgail fhathast. Cha do bhruidhinn sinn **ri bean na bainne**."
7. Tha Barabal **anns an leabaidh**.
8. "Cò bha siud a bha a' trod **ri Dòmhnull agus Peigi**?" "Ò b' e siud an t-seanmhair **aig Dòmhnull agus Pèigi**. Cha bu chòir do **Dhòmhnull agus do Pheigi** a bhith a' cluich ri taobh an rathaid."
9. "'S e amadain a th' **ann an Ruairidh agus Calum agus Caomhain**."
10. Thug mi gealladh-pòsaidh **do Mhairéad**, ach cha do chùm i **ris a' ghealladh**.

27 BRÙ-DHEARG



Leugh an sgeulachd a leanas agus freagair na deich ceistean mar a tha iad a' nochdadadh tron sgeulachd.



Am Balach
Beag a
dh'Èisteadh
aig Dorsan

The Tormod air a Meòr ghàisachadh a' gredachadh,
mar eilean 's mo na doine a dìl 'fheadh 's a
dil fheàrrich, agus mun t-ostagh mhair air nach
eil e osach...

ALISON LANG



FICSEAN LUATH

Brù-dhearg

Is e brù-dhearg am far-ainm a bh' aig na sgoilearan air Miss Robinson. An-uiridh bha Mgr Robertson a' teagasg clas a còig agus bha Miss Robinson a' teagasg clas a sia, 's bhiodh a h-uile duine a' measgachadh nan ainmean aca. Robert. Robin. Bha iad eadar-dhealaichte. Carson a bha sin cho duilich? Ach nuair a thàinig Miss Robinson dhan sgoil aon latha a' cosg geansaидh dearg fo sheacaid dhonn, thuirt cuideigin – agus a-nis cha b' urrainn do dhuine cuimhneachadh cò bh' ann – gun robh i coltach ri brù-dhearg agus bhon uair sin bha a h-uile duine air a h-ainm fhaighinn ceart.

Bha Mgr Robertson air obair ùr fhaighinn ann an sgoil eile, agus mar sin cha robh ainm eile faissg air Robinson a bhiodh a' farpas ris, ach chùm iad ri Brù-dhearg co-dhiù. Cha robh càil a dh'fhiös aig Miss Robinson fhèin.

Bodach gruamach a bh' ann am Mgr Robertson, a bha air feagal a chur air Tormod beag, ged nach robh e a-riamh air a bhith sa chlas aige, oir bha cliù aige mar thidsear cruaidh a bhiodh a' trod riut nam biodh tu a' coimhead a-mach air an uinneig no nan rachadh an sgrìobhadh agad fon loidhne. Bha Tormod taingeil gun robh Miss Robinson a' teagasg clas a ceithir, an clas aigesan, am-bliadhna. Bha i coibhneil is foighidneach agus chanadh i gun robh thu air oidhirp mhath a dhèanamh, ged nach biodh an rud a rinn thu buileach ceart aig a' cheann thall.

'Seall dhomh mar a rinn thu e,' chanadh i, nan robh iad a' cur àireamhan ri chèile, 'agus mar sin ma nì thu mearachd leis an t-sùim aig an deireadh, bidh e follaiseach dhomh gun robh thu air an t-sligte cheart.'

No ma bha iad a' sgrìobhadh sgeulachdan, uaireannan cha bhiodh fios aig Tormod dè a' chrìoch a chuireadh e air an sgeulachd aige. Bhiodh e a' thòiseachadh le amas mòr a bhith a' toirt a-steach phrionnsaichean is dhìneasairean agus shaighdearan agus rudan a bha e air a leughadh ann an leabhraichean, ach bhiodh e a' ruith a-mach à tide. Ach bhiodh Miss Robinson ag ràdh nach robh e gu cus diofar, oir b' urrainn dha leantainn leis an sgeulachd an-ath-latha agus gun robh a mhac-meanmna cho beòthail nach biodh càil a dhìth air a thaobh crìoch na stòiridh. Gu math tric, ge-tà, bhiodh Tormod air fàs sgìth den sgeulachd an-ath-latha, agus b' fheàrr leis tè ùr a thòiseachadh, agus cheadaicheadh Miss Robinson sin cuideachd.

- Carson a bha Miss Robinson a' faighinn far-ainm mar Bhrù-dhearg?**
- Dè an seòrsa neach a th' ann am Mgr Robertson? Dè an cliù a bh' aige mar thidsear?**
- Thoir eisimpleir a tha a' sealltainn cho taiceil 's a bha Miss Robinson mar thidsear.**

'Is toigh leam an geansaidh ùr agad, a Thormoid,' thuirt Miss Robinson ris an latha a bha seo. 'An do rinn do Mhamaidh sin dhut?'

'Is i a rinn, 'fhreagair Tormod, agus bha e moiteil às a mhàthair airson a' chìad uair, oir thuige seo cha robh e air sùim a ghabhail den oidhirp a rinn i, ach a-nis bha e a' smaoineachadh air na h-oidhcheannan a bha i ag obair leis na bioran, fad seachdain, airson an geansaidh seo a dhèanamh dha. Bha i air oidhirp mhath a dhèanamh agus a bharrachd air sin b' e deagh gheansaidh a rinn i aig a' cheann thall, agus cha robh i air geansaidh ùr a thòiseachadh a h-uile oidhche a chionn 's gun robh i sgìth den fhear air an robh i ag obair. Ged a bha e glas, bha sin ceart gu leòr cuideachd. Bha geansaidh glas air a h-uile balach eile sa chlas, agus mas e geansaidh dearg a bha i air fhighe dha is dòcha gun canadh iad Brù-dhearg ris-san cuideachd, agus cha robh Tormod ag iarraidh sin.

'Uill, tha thu a' coimhead gu math spaideil,' arsa Miss Robinson. 'Agus deiseil airson àireamhachd, tha mi an dòchas?'

Dh'ionnsaich Tormod rudeigin an latha ud – gun robh àireamhachd a cheart cho duilich ged a bhiodh geansaidh ùr spaideil ort no geansaidh aosta robach, ach sgrìobh e gach ceum air an duilleig, an dòchas gum faigheadh e comharra no dhà a bharrachd ged nach biodh an t-sùim aige ceart. Agus cha do rinn e cho dona sin.

- Carson a bha Tormod a' faireachdainn moiteil à mhàthair?**
- Ciamar a chaidh do Thormod leis an àireamhachd aige?**

Bha an t-uisge ann nuair a chaidh iad a-mach a chluich agus dh'fhàs a gheansaidh ùr fliuch. Cha robh seo a' cur cus dragh air Tormod, oir bha fios aige gum biodh e tioram gun dàil, ach air an t-slighe a-steach bha Pòl Mòr air a chùlaibh, ri fealla-dhà – no b' e sin an leisgeul a bha aige – agus ag ràdh gun robh samh fliuch neònach ag èirigh às a' gheansaidh aige. Cha robh e fada mus robh esan agus a charaid Andaidh a' magadh air Tormod. 'Fàileadh caora fhliuch dhìot, fàileadh caora fhliuch dhìot. Mè-e-e! Mè-e-e!'

Nan robh Mgr Robertson fhathast san sgoil, bhiodh e air am peanasachadh le toirt orra seasamh san oisean, agus bhuail e air Tormod saoil am biodh iad air

peanas na bu chruaidhe buileach fhaighinn sna seann làithean – binn-beatha sna coloinidhean fada air falbh bhon luchd-eòlais airson ‘eucoir’ air an robh mì-mhodh. Ach bha Brù-dhearg a’ creidsinn nach robh peanasan cruaidh èifeachdach. Dhèanadh trod beag a’ chùis. ‘Na bitibh cho mì-mhodhail,’ thuirt i riutha, agus gruaidean Thormoid bhochd a’ fàs cho ruadh ri broilleach brù-dhearg. ‘Tha màthair Thormoid air geansaидh àlainn fhighe dha, agus ’s e a tha fortanach.’

Bha i air an suidheachadh a chur am miosad. Cho luath ’s a thionndaidh i a cùl ris an t-seòmar chuala e, ‘Mè-e-e! Geansaيدh do Mhamaidh. Geansaيدh do Mhamaidh.’ Cho sàmhach ’s nach cluinneadh Miss Robinson e.

6. **Carson nach robh Tormod a’ gabhail uallach mu gheansaيدh a bhith fliuch?**
7. **Carson a bha Tormod ag ionndrainn Mgr Robertson nuair a thòisich na balaich ag obair air?**
8. **Ciamar a bha Miss Robinson a’ deiligeadh ris na gillean?**

‘Na gabh dragh mun amadan ud,’ thuirt Morna ris, is i na suidhe ri a thaobh mar a b’ àbhaist. ‘Bidh e fhathast a’ mùn na leabaidh. Chuala mo phiuthar sin bho a phiuthar-san. Abair bëibidh!’

Bha Tormod toilichte an uair sin, a’ smaoineachadh air cho feargach ’s a bhiodh màthair Phòil sa mhadainn. Balach mòr mar e fhèin. Nàire air, is e cho salach. Agus ghlèidh Tormod am fiosrachadh seo na inntinn, air eagal ’s gum biodh e feumail uaireigin, ged a bha fios aige nach biodh e gu bràth dàna gu leòr a ràdh ri Pòl fhèin.

Thiormaich an geansaيدh aige san t-seòmar bhlàth, agus nuair a chaidh e dhachaigh aig deireadh an latha-sgoile, bha a mhàthair fhèin toilichte nach robh e air a reubadh no air biadh a dhòrtadh air neo air fhàgail air a’ bus, agus thug i dha sgona mhòr mhilis le silidh nan subhag agus cead coimhead air an telebhisean airson leth-uair a thìde a bharrachd.

Agus fhad ’s a bha am balach beag a’ coimhead dealbh-èibhinn mu thaibhse a bha a’ gabhail feagal ro dhaoine beò, dh’èist i ri gàireachdainn a mic a’ tighinn bhon t-seòmar-suidhe, is i fhèin sa chidsin ag obair air na brògan-boga fealt aige, a’ feuchainn an robh dòigh air an dèanamh rud beag na bu leatha, gus am maireadh iad mìos no dhà a bharrachd.

(Sgeulachd às an leabhar *Am Balach Beag a dh’Èisteadh aig Dorsan* le Alison Lang)

9. **Dè an trioblaid a bha aig Pòl a rèir Morna?**
10. **Dè bha a’ sealltainn gun robh màthair Thormoid toilichte leis?**

28 TIDSEAR MATH IS TIDSEAR DONA



Anns an sgeulachd ghoirid Brù-dhearg, tha sinn a' faicinn dà dhòigh air dèiligeadh ri mì-mhodh. Bhiodh Mgr Robertson gu math cruaidh air a' chloinn airson rud sam bith, ach bhiodh Miss Robinson a' trod riutha beagan agus a' feuchainn ri bruidhinn ris na sgoilearan mu na rinn iad ceàrr. Saoil dè an dòigh as fheàrr? Dè b' fheàrr leat fhèin? A bheil feum anns gach dòigh aig diofar amannan?

- An toiseach, sgrìobh na comasan a nì tidsear math anns an leabhar agad. Dèan seo airson trì mionaidean gun bhruidhinn ri duine eile. An uair sin, co-roinn do bheachdan ann am buidheann de cheathrar. Innsibh na beachdan agaibh dha chèile.
- An uair sin, mar bhuidheann, cuiribh ri chèile liosta (bheir seo 15 mionaidean) dhe na còig feartan as cudromaiche airson deagh thidsear.



Dèan coimeas ris na beachdan aig buidhnean eile sa chlas. Feumaidh cuideigin on bhuidheann na h-adhbharan innse dhan chlas. Taghaidh an tidsear an neach seo.



29 BURRAIDHEACHD



“Chan eil a dhìth air an olc gus làmh-an-uachdair fhaighinn ach daoine math nach dèan dad.”

Edmund Burke



“Tòisichidh ar beatha a' tighinn gu crìoch an latha a bhios sinn nar tost mu na cùisean as cudromaiche.”

An t-Urr Màrtainn Luther King Jr.

Ma bhios tusa a' faicinn no a' fulang burraidheachd, cha bu chòir eagal a bhith ort bruidhinn ri cuideigin mu dheidhinn. Inns dhan tidsear agad gu prìobhaideach - tha dleastanas air an sgoil dèiligeadh ri cùisean mar seo gu dìomhair agus gu luath.

Obair 1



Gabhaidh an eacarsaich a leanas a dhèanamh ann an iomadh dòigh. Faodaidh tu a dhèanamh gu dìomhair le bhith a' sgrìobhadh nam freagairtean agad fhèin, air neo faodaidh tu na freagairtean a dheasbad mar bhuidheann no mar chlas agus an cur ann an clò mar sin.

- **Dè na diofar sheòrsachan burraidheachd a tha ann?**
- **Carson a bhios daoine ri burraidheachd?**
- **Dè an seòrsa burraidheachd a bhios a' tachairt anns an sgoil agad?**
- **Ciamar a bhios tu a' dèiligeadh ris? Dè nì thu ma chì thu droch bhurraidheachd?**
- **Dè an seòrsa taic a tha ann do dhaoine a bhios a' fulang burraidheachd?**

Obair 2



Dèan postair a bhios a' cur an-aghaidh burraidheachd. Smaoinich air ìomhaigh làidir agus sluagh-ghairm cumhachdach.

Faodaidh tu seo a dhèanamh ann am buidheann no mar aon neach.

Ma bhios sibh a' dhèanamh seo mar bhuidheann, feumaidh sibh spès a thoirt do bheachdan dhaoine eile. Na cuir stad air duine o bhith a' bruidhinn.

30 AN T-IONNSACHADH ÒG, AN T-IONNSACHADH BÒIDHEACH



Éist ris an earrann A' dol dhan sgoil agus freagair na ceistean a leanas.

1. Cuin a chaidh Dòmhnull dhan sgoil?
2. Carson a bha Dòmhnull toilichte a' dol dhan sgoil?
3. Dè dh'fhàg Dòmhnull a' faireachdainn na bu shine na bha e, na bheachd fhèin?
4. Ciamar a bha Dòmhnull ag aithneachadh dhaoine o chèile?

coltas

aodach

faileadh

blas-cainnt

5. Ciamar a bhiodh Dòmhnull ag ionnsachadh rudan dha fhèin?
6. Dè dh'ionnsaich e bho Alec John?
7. Dè thachair do Dhòmhnull nuair a bha e crosta ris an tè a thàinig a chèilidh?



31 IONNSACHADH FAD-BEATHA



Anns an earrann, *A' dol dhan Sgoil*, tha Dòmhnull MacLeòid a' bruidhinn air ionnsachadh ann an iomadh dòigh. Cha do chuir e eòlas air a h-uile rud anns an sgoil, 's ann tro bheatha agus tro dhaoine eile sa choimhearsnachd a thog e mòran rudan feumail.

Saoil an ann san sgoil a-mhàin a bhios sinn ag ionnsachadh?

Smaoinich air na h-àiteachan eile far am bi thu ag ionnsachadh.

Sgrìobh earrann ghoirid nad leabhar (mu 100 facal) no clàraich faidhle-fuaim, a' bruidhinn air uair a dh'ionnsaich thu rud sònraichte.

- **Dè dh'ionnsaich thu?**
- **Cò dh'inns no sheall dhut e?**
- **Carson a tha cuimhne agad air?**
- **Ciamar a bhiodh tusa ag innse do chuideigin eile ma dheidhinn?**

AN SGOIL AGAM



Tha an sgoil na pàirt mhòr dhe do bheatha làitheil. Feumaidh gu bheil mòran bheachdan agad air a h-uile rud bho na cuspairean as fheàrr leat gu na tidsearan a bhios a' cur cais ort a bharrachd air a' bhiadh san talla-bìdh agus a h-uile rud eile!

Feumaidh tu bruidhinn airson 2 gu 3 mionaidean mun sgoil agad agus do bheachdan oirre. Faodaidh suas ri 40 facal a bhith agad mar notaichean.

An uair sin, bidh agad ri còmhchradh a dhèanamh ris an tidsear agad.

**Thoir adh Bhar airson gach beachd,
ach smaoinich air na puinean seo a leanas:**

- Càit a bheil thu a' dol dhan sgoil?
- Càit an deach thu dhan bhun-sgoil?
- Ciamar a bhios tu a' tighinn dhan sgoil?
- Dè na cuspairean as fheàrr leat?
- Dè na cuspairean nach toigh leat?
- Dè na cur-seachadan a bhios tu a' dèanamh às dèidh na sgoile?
- A bheil an sgoil a' còrdadh riut san fharsaingeachd?

Dèan deiseil airson ceistean còmhraigheachd às dèidh làimh.

Bheir seo suas ri dà mhionaid.

Seo cuid de na puinean a chleachdas an tidsear airson measadh a dhèanamh ort:

- A bheil structar ciallach, leantainneach agad?
- A bheil mòran smuaintean agus bheachdan agad?
- A bheil raon farsaing de bhriathrachas agad a tha freagarrach airson a' chuspair?
- A bheil an cànan agus an gràmar agad cho ceart 's a ghabhas?
- Am bi thu a' dol an sàs anns a' chòmhchradh ann an dòigh nàdarra 's a' cur cheistean air an tidsear?
- Am bi gluasad anns a' ghuth agad 's tu a' bruidhinn aig astar freagarrach?
- Am bi thu a' faighneachd airson taic ann an dòigh a tha freagarrach ma bhios sin a dhìth ort?



NA LEABHRAICHEAN AS FHEÀRR LEAM

Is e comas cudromach a th' ann an leughadh. Is dòcha nach bi thu a' leughadh cho tric sin, ach tha e anabarrach math airson cànan ùr ionnsachadh agus do mhac-meanmna a leudachadh.

Tha e glè chudromach gum bi thu a' leughadh airson tlachd seach a' leughadh airson na sgoile a-mhàin. Tha e a cheart cho cudromach gum bi thu a' leughadh tric anns a' Ghàidhlig.

Ged nach eil idir an aon uiread de leabhraichean ri fhaotainn anns a' Ghàidhlig 's a tha sa Bheurla, tha fhathast pailteas de leabhraichean sgoineil ann an Gàidhlig.

Bu chòir dhut an fheadhainn a tha rim faotainn air an sgeilp anns an t-seòmar-theagaisg Ghàidhlig agad a leughadh mar phàirt den ionnsachadh agad fhèin. Is dòcha gu bheil sgeama leughaidh aig an sgoil agad.

Sgrìobh aiste ghoirid mu leabhar no leabhraichean a tha a' còrdadh riut?

- **Cò na caractaran no na sgeulachdan as fheàrr leat a bhith a' leughadh?**
- **Dè na rudan air a bheil iad math?**
- **Dè na comasan sònraichte a th' aig na caractaran?**
- **Dè an seòrsa nàdar a tha aca?**
- **Carson a tha iad a' còrdadh riut?**
- **De seòrsa beatha a tha aca?**
- **Dè na rudan àraig a bhios a' tachairt riutha?**
- **Cò na caractaran eile a tha ann?**
- **A bheil caraidean agus namhaidean aca?**
- **A bheil filmichean ann man deidhinn?**

Mura bi thu a' leughadh (mo naire ort!), dh'fhaodadh tu filmichean a bhios a' còrdadh riut a dhèanamh.



LEUGHADH

**Leugh an earrann seo mu Tove Jansson,
sgriòbhadar agus neach-ealain às an
Fionnlainn agus na leabhraichean Moomin
aice.**

Freagair na ceistean air td 70.

Tha coimhearsnachd mhòr de luchd-labhait Suainis san Fionnlainn. B' àbhaist dhan choimhearsnachd seo a bhith nas mothà, ach fhathast san latha an-diugh, 's e Suainis an cànan màthaireil aig mu dhà cheud 's seachdad mìle duine air Tir Mòr na Fionnlainn agus aig 25,000 duine a bhios a' fuireach anns na h-Eileanan Aland far cost an iar na dùthcha.



Is mathaid gur e Tove Jansson, neach-ealain agus sgrìobhadair a rugadh ann an Helsinki ann an 1914, an neach as ainmeile às a' choimhearsnachd seo,. Ged a rinn i mòran obair ealain na beatha, nam measg taisbeanaidhean ealain agus leabhraichean do dh'inhich, tha i ainmeil an-diugh airson nan leabhraichean chloinne a rinn i mu na creatairean àraid, na Moomins.

Tha na Moomins ainmeil air feadh an t-saoghail mar ìomhaigh air an Fionnlainn. Tha na sgeulachdan draoidheil a rinn Tove mun deidhinn air mac-meanmna an t-saoghail a ghlacadh fad bhliadhnaichean.


Is e trobhaichean no trolls a th' anns na Moomintrolls. Tha iad coltach ri eich-aibhne reamhar gheala a bhios a' fuireach ann an àite neònach ris an canar Gleann nam Moomin. Bidh Moomintroll, am prìomh charactar, a' fuireach còmhla ri a phàrantan Moominpappa agus Moominmamma ann am muileann-gaoithe, agus bidh mòran rudan annasach a' tachairt riutha.

Tha caractaran iongantach eile a' tighinn nan cuideachd, leithid Little My, tè bheag għreannach a bhios ri mì-mhodh, Snufkin, tramp beag glic a bhios a' siubhal mun cuairt a' ghlinne agus Sniff, biast shanntach a bhios an-còmhnaidh ag iarraidh rudan gleansach prìseil. Ach cò às a thàinig na creatairean àraid seo?

Thogadh Tove ann an teaghlaich a bha gu math libearalach agus fosgailte, agus tha an t-saorsa seo ri fhaicinn air feadh nan leabhraichean. Bha na caractaran stèidhichte air pearsa Tove fhèin, agus air caraidean agus compañaich a bha aice. Bha i gu math dlùth ri a màthair, agus thug seo buaidh air a' charactar aig

Moominmamma mar eisimpleir. Mar a chaidh na leabhraichean air adhart, dh'fhàs na sgeulachdan nas doimhne

Rinn Tove naoi leabhraichean uile-gu-lèir mun deidhinn, ach sguir i gan dèanamh ann an 1970 a chionn 's gun robh i ag iarraidh barrachd ealain a dhèanamh.



Ged a bha na Moomins gu math ainmeil mu thràth, 's ann anns na naochadan a dh'fhàs an cliù gu mòr air sgàth 's gun do rinneadh sreach cartùn ann an Japan. Chaith na h-lapanaich às an ciall mun h-uile nì co-cheangailte riutha! Bha iarrtas mòr ann airson a h-uile càil le ìomhaigh nam Moomins orra; cupannan, lèintean-t agus deideagan. Fiù 's chuir companaidh-adhair na Fionnlainn dealbhan de na Moomins air na plèanaichean a bhiodh a' dol a Japan. Ann am Fionnlainnis thug iad muumibuumi air an spreadhadh mhòr seo!

San latha an-diugh, thathar a' tomhas gu bheil na Moomins a' reic luach còrr is 700 millean euro gach bliadhna. Tha taigh-tasgaidh Moomin ann an Tampere agus páirc mhòr Moomin World ann an Naantali. Chaochail Tove Jansson ann an 2001, ach bidh na leabhraichean a rinn ainmeil i a' toirt tlachd dha na milleanan de dhaoine airson iomadh bliadhna eile fhathast.


1. Cia mheud neach a bhios a' bruidhinn Suainis air Tir-mòr na Fionnlainn?
2. Càit a bheil na h-Eileanan Aland?
3. Ainmich aon rud a thaobh ealain a rinn Tove na beatha a bharrachd air na Moomins.
4. Cò ris a tha na Moomins coltach?
5. A bharrachd air na Moomins fhèin, tha iomradh ga thoirt air trì caractaran eile. Ainmich na tha ga ràdh mu dhithis aca.

Little My

Snufkin

Sniff

6. Cò air an robh Tove a' stèidheachadh nan caractaran aice?
7. Carson a sguir Tove a dhèanamh nam Moomins?
8. Dè an dùthaich a rinn na Moomins ainmeil a-rithist?
9. Dè an seòrsa stuthan a bha daoine ag iarraidh air sgàth seo?
10. Dè rinn companaidh-adhair a bha a' sealltainn cho mòr 's a bha na Moomins?
11. Mas toigh leat na Moomins, dè as urrainn dhut tadhal air anns an Fionnlainn?





AILLEAN CAIMBEUL MACILLEATHAIN

Eist ris an earrann seo mun ùghdar Ailean Cailean MacIIIeathain a sgriòbh an leabhar *The Hill of the Red Fox*. Freagair na ceistean a leanas.

1. Càit an do rugadh MacIIIeathain?
2. Cò ris a tha na sgeulachdan chloinne aige coltach?
3. Càit an robh mòran de na sgeulachdan a' tachairt?
4. Càit a bheil Sgùrr a' Mhadaidh Ruaidh?
5. Tha an earrann a' toirt beagan iomraidih air plot an leabhair *Hill of the Red Fox*.
 - a. Dè an suidheachadh anns a bheil Alasdair Camshron ga fhaighinn fhèin?
 - b. Dè an sealladh ainmeil a tha anns an leabhar?
6. Dè eile a rinn an leabhar ainmeil ann an 1975?
7. Cò mu dheidhinn a tha Teine Ceann Fòid?
8. Cuin a fhuair MacIIIeathain bàs?

